

An Gàidheal Ùr

A' RIOCHDACHADH NA COIMHEARSNACHD GHÀIDHLIG

Fon 01851 706877 Facs 01851 706467

An t-Ogmios, 2005

www.an-gaidheal-ur.co.uk

Aireamh 91

Taobh a-staigh
pàipear na mìos
seo:



Fèis Cheilteach Innse Gall

duilleag 6/7



Plana airson baile ùr Gaidhealach

duilleag 3

**TOG
FEAR
AN-DIUGH
AN ASGAIDH**

Fèis chultarail nan Eilean Siar

Bu choir fèis shònraichte a chur air dòigh sna h-Eileanan an Iar airson cultar àraighe na sgìre a chomharrachadh — coltach ris mar a tha tachairt ann an 2007 airson sgìre mòr-thir na Gaidhealtachd.

Tha daoine anns na h-eileanan beagan mì-thoilichte nach eil cail dhen airgead no dhen bhuanachd bho Fèis Cultar na Gaidhealtachd ann an 2007 dol a thigheann tarsainn a' Chuain Sgìth, gu h-àraighe agus an tachartas cho ceangailte ri cànan is eachdraidh nan Gaidheal.

Le sin gu mòr nan inntinn, chaideh iarrtas a chur air adhart gum bu chòir an aon rud a chur air dòigh sna h-eileanan sna bliadhnaichean ri thigheann.

Thuirt Ailig Dòmhnullach, neach-gairm Comhairle nan Eilean Siar, gun robh e fior a ràdh nach eil cail gu bhith ga chur air adhart sna h-eileanan agus air sgàth sin gum biodh e na dheagh smuin rudeigin sònraichte a stèidheadachd iad fhèin.

Agus thuirt àrd-oifigear, Comunn na Gàidhlige, Dòmhnullach Màrtainn: "Tha mi smaoineachadh gur e deagh rud a bhiodh ann seach nach eil e coltach gum bi e comasach tachartasan sam bith bhith anns na h-eileanan an lùib 2007 air a' Ghaidhealtachd.

"Bheireadh e cothrom iomhaigh cultar sònraichte nan eilean a thogail agus fhoills-eachadh chan ann a-mhàin a-muigh bho na h-eileanan ach cuideachd thall thairis. Carson nach deigheadh ceangalan a dhèanamh le Alba Nuadh, Eirinn's eile? Cuideachd bu chòir a thoirt dha na sgoiltean 's an colaistean againn fhìn."

A rèir Mhgr Mhàrtainn dh'fhaodar an sgeama a cheangal ris a' Mhòd Nàiseanta Rioghaill agus dh'faodar cultar gach sgìre far an tèid an fhèis a chumail air a' bhliadhna sin a chomharrachadh.

A' sìneadh làmh chathrannais



Tha Màiri Dhòmhnullach air mòran tlachd fhaighinn bho bhith a' cuideachadh daoine bochd ann a Malawi

Dealbh: Dòmhnull MacLeod (An t-Albannach)

Ban-Uibhisteach an teis mheadhan oidhirp cuideachaidh do Mhalawi

Tha Alba mar dhùthaich air oidhirp shònraichte a chur romhpa airson dhùthaich bhochd ann an Afraga a chuideachadh — ach tha boireannach à Uibhist fada air thoisearch air càch a-thaobh cobhair a thoirt do shluagh na dùthcha sin.

Tha dà bhliadhna bho chaidh Màiri Dhòmhnullach bho Loch Aineort gu ruige Malawi, a tha na laighe gu tuath ri Afraga a Deas agus ri taobh Mozambique.

Mar a bu dual dhith, fhuar i togail nuair a dh'fhoillsich a' Chiad Mhìnistear ann an Riaghaltas na h-Alba, Jack McConnell, gun robh iad dol a chur iomairt chathrannais air dòigh airson an dùthach a chuideachadh.

Tha Màiri ag ràdh gu bheil fior fheum air a leithid, oir gu bheil an galar sgriosail, Aids, gu math bitheanta agus ag adhbhurachadh an uabhas de thrioblaid is bàs. Tha mu 500,000 leanabh san dùthach air am fàgail às aonaist phàranta tron tinneas gach bliadhna.

Thasgas ag iarrайдh air sluagh na h-Alba an làmh a chur nam pò-

caidean airson sluagh Malawi a chuideachadh. Aig iùre Riaghaltas thèid cuideachadh a thoirt don dhùthaich airson nithean mar na seirbheisean slàinte agus foghlam aca a leasachadh.

A foillseachadh na h-iomairt, thuirt Mgr McConnell: "Tha mi airson a dhèanamh glè shoilleir. Chan e stòras a tha seo aig am bi smachd aig ministearan no luchd-poileataig. Cuiridh e luach ri na h-iomairtean agus na h-oidhirpean cathrannais anns a bheil Alba an sàs an-dràsta.

"Nuair a tha buidhnean no daoine airson taic a thoirt gu direach bidh e cho furasta ri cail sin a dhèanamh. Nì an cuideachadh eadar-dhealachadh, ach bidh an cuideachadh fada nas motha ma bhios ar n-oidhirpean san Riaghaltas ag obair gu dlùthris an stòras nàiseanta seo — agus an iomadh duine eile a tha ag obair ann am Malawi."

Cha robh Mgr McConnell a' bruidhinn mu dheidhinn Màiri gu pearsanta, ach dh'faodadh e bhith. Bha i ag obair am measg òi-

gridh ann an Dùn Èideann airson grunn bhliadhnanuair a roghnaich i dhol a-nall thall-thairis agus i rinn air Malawi — fada mus do nochd McConnell agus gu leòr eile ùidh sa ghnothaich.

"Tha a' chuid as motha de

dhaoine gu math bochd," dh'innis i dhan Ghaidheal Ùr bho

ofis Bhuidheannan Seirbhisean Saor-thoileach a tha stèidhichte san dùthach.

"Sa chumantas chan eil daoine faighinn ach nas lugh na dolar san là de thuarastal, ged a tha cuibhreann

beag dhen t-sluagh a tha glè

mhath dheth. Chan eil iad idir a'

smaoineachadh mu dheidhinn na

thachras dhaibh san àm ri teachd,

tha iad ro thrang a' lorg biadh a

chumas beò iad an-dràsta."

Uile gu lèir tha corr air 12 mil-

lean duine a' fuireach ann an

Malawi, nach eil mòran nas motha

na Alba a-thaobh meud. Chan eil

Ach, tha Màiri ag ràdh: "An taca ri dùthchannan eile ann an Afraga tha e sàbhailte. Chan eil cogadh sam bith ann. Tha na

daoin

cho cairdeil, ged nach eil e cho furasta ri sin faighinn buileach faisg orra — rudeigin coltach ri na h-eileanaich tha mi a' creidsinn."

Sna beagan làithean a dh'fhalbh tha dithis Albannach eile

air tòiseachadh ag obair còmhla

ri, "ach tha gu leòr Albannaich eile ann a-nis a' dèanamh diofar

rudan".

Thuirt Màiri: "An rud a tha air a bhith fior mhath dhòmhsa 's e

na tha mi air ionnsachadh mu dhei-

dhinn na dòigh-beatha aca. Tha

thu air do fhòr bhogadh san

dòigh-beatha aca. Tha an t-eòlas

cho beartach 's nach urrainn dhut

airgead a chur ris. Sin as coireach

gu bheil mi a' fuireach an seo. Tha

mi ga fhaighinn duilich a thigheann

dhachaigh."

Ma tha sibh airson taic a thoirt

dhian iomairt ann an dòigh sam

bith curiùb fòn gu 0845 848 9804.

An Gàidheal Ùr

Neach-deasachaideh
Murray MacLeod

Seòladh
Taigh à Mhorair Leverhulme
Cèarnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 706877
Facs: 01851 706467
sanas@agu.org.uk

Oifigear-sanasachd:
Marina NicLeòid
Fon: 01851 703487

An Gàidheal Ùr

Cuin 's Caite

Disathairne 11mh
Strath Pheofhair - Bidh Donnchadh Siosalach agus Ivan Dr-ever (Wolfstone) a' cluiche air an oidhche seo bhò 7.30f. Cos-gaith ticeadan £9/£7. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air 01997 420 124 neo curiibh post-dealain gu enquiries@strath-pepperpavillion.org

Dihaoine 17mh
An Gearasdan - Théid cuirm-chiùil a chumail ann an Ionad Lochabair air oidhche seo, airson airdeach a chruinneachadh do Fionnar. Bidh feadhainn de na seinneadairean is cluicheadairean as ainmleil air a' Ghaidhealtachd an làthair, nam measg bidh Julie Fowlis, Seumas Greumach, Rachel Walker agus mòran eile. Tha iad seo uile gu bhith a' ri-ochdachadh Alba aig an Eisteddfod anns a' Chuimhright anns an luchar. Cosgaidh an oidhche seo £6/£3 dhuibh. Gheibhear fiosrachadh sam bith mun tachartas seo bhò Fiona Nic-Coinnich air 01349 863 441 neo aig fiona.mackenzie@highland.gov.uk

Inbhir Nis - Bidh Mòd Ionadai Inbhir Nis a' tòiseachadh air an latha seo. Théid céilidh a chumail air an oidhche ann an Talla Dr Black aig 7.30f le na farpasach chloinne a bhuananicheas. Bidh Seonaid NicGriogair cuideachd an làthair. Disathairne 18mh - Théid céilidh a chumail air an oidhche seo le na h-inbhir a bhuananicheas, ann an taigh-osta Chieftain aig 7.30f. Bidh Kirsteen Menzies agus Seumas Greumach cuideachd an làthair. Ma tha sibh ag iarradh fiosrachadh sam bith eile mun Mhòd curiibh fòin gu Jean NicAoidh air 01463 793 964.

Disathairne 18mh
Am Plòc - Bidh Sgoil Chiùil na Gaidhealtachd a' na cuirm-chiùil bhliadhnaidh aca air an oidhche seo, a' comharrachadh deireadhi blàdhnaidh shoirbeachail eile. Bidh seo a' gabhail àite ann an Sgoil a' Phluic aig 7.30f. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bhò Dougie.pincock@highland.gov.uk neo air 01599 544 706.

Diardaon 23mh
Aird nam Murchan - Bidh Mòd Ionadail Áird nam Murchan a' tòiseachadh air an latha seo, eadar 9.30m agus 5.30f ann an Ard Sgoil Lochabair. Gheibhear fiosrachadh mun Mhòd bhò Fiona NicGilleleathain aig robimaclean@btinternet.com.

Dihaoine 24mh
Aird nam Murchan - Théid cuirm-chiùil a' Mhòd a chumail air an oidhche seo ann an Arainn Shuaireint, a' tòiseachadh ag 7f.

Steòrnabhagh - Bidh Seo Seinn 2005 a' gabhail àite air an t-seachdail seo ann an Steòrnabhagh. Seachdail làn de sheinn Ghàidhlig le duaisean de £2,000 do dh' inbhir agus £600 do chlann (15-19 bliadhna). Théid na farpasach criochnachaidh an cumail air oidhche 'Haione agus thèid seo a-mach beò air Réidio nan Gàidheal. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bhò info@visitheworld.com neo air 01850 703 088.

Steòrnabhagh - Tha Coisir Lacasadail a' cur air doigh danna� ann an Legion air an oidhche seo, le Fergie Dòmhnullach agus an còmhainn aige. Cosgaidh na ticeadan £6 agus gheibhear iad bho Events ann an Steòrnabhagh.

Uig - Leòdhais - Thigibh gu Talla Choishearsnachd Uig airson oidhche le buntata is sgadan, a' tòiseachadh aig 7.30f. Tha Comataidh Mòd 2005 a' cur air doigh céiliadh an déidh sin.

Disathairne 25mh
Port Righ - Tha An Drochaid a' toirt thugaibh Tional nam Fidhearan ann an ionad Árois air an oidhche seo, bhò 7.30f. Bidh mu 45 chluicheadairean bhò feadh Alba a' gabhail pàirt an seo agus bidh Cairena Caibeul agus Art Carmac cuideachd an làthair. Cosgaidh ticeadan £9/£7 bhò 01478 613.

12mh - 23mh an t-luchar
Slèite - Théid Feis an Eilein a' chumail ann an Slèite air na làithean seo. Bidh mòran thachartasan a' dol air adhart - le làrainn agus ceòl traidseanta, danna�, sgeulachdan, agus bùthan-obrach a' ruith tron fhéis air fad. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh bhò 01471 844 207 neo aig www.feisanleilein.com.

13mh - 16mh
Steòrnabhagh - Théid Feis Cheileachan Innse Gall 2005 a chumail air na làithean seo ann an Leòdhais. 'S i seo an 10mh bliadhna aca agus mar sin bidh i nas fhéar am-blàdhna na bliadhna sam bith eile! Faic duilleagan 6 agus 7 airson tuilleadh fiosrachaidh mun Fhèis.

Siostam ùr ullachaidh dhan Mhòd

Thèid siostam ùr a chur air chois airson dearbhadh dè na bailtean ann an Alba anns am bu chòir am Mòd Nàiseanta Rioghail a chumail.

Tha An Comunn Gaidhealach air an glasas a chur air adhart mar thoradh air cho mòr 's a tha priomh fhèis na Gàidhlig a' fas agus na duilgeadasan a tha an lùib a bhith ga ullachadh.

Bho seo a-mach bidh An Comunn a' coimhead ris a' Mhòd a thoirt gu diorfar sgirean agus bidh an co-dhùnadh

air dè am baile san sgìre sin anns a bu chòir a chumail an-àirde ri ri-ochdairean ionadail. An-dràsta faodaidh tagraighean a thighinn bho bhaile sam bith ann an Alba.

Fon t-siostam ùr théid a chumail ann an sgirean Earra-Ghaidheil is anns a' Ghaidhealtachd a h-uile trì bliadhna, mar thoradh air cho freagarrach 's a tha na bailtean anna — Dùn Omhain is an t-Öban agus an Gearasdan is Inbhir Nis.

Gheibh na h-Eileanan Siar an



tachartas gach sia bliadhna agus thèid cothrom a thoirt do na sgirean eile — an iar-dheas agus an ear-dheas — gach sia bliadhna cuideachd.

Ged a chaidh an t-atharrachadh a chur air chois mar leasachadh, cha robh a h-uile duine toilichte leis.

Thuirt iar neach-gairm Comhairle na Gaidhealtachd, Micheal Foxley, gum b' fheàrr leis-san an fhèis a thoirt gu cinnteach dhan Ghaidhealtachd gach trì bliadhna agus gun toireadh iad taic-airgid luach £40,000 seachad airson sin gach bliadhna.

An-dràsta tha a' Ghaidhealtachd ga cur a-staigh ann an sgire a tuath, a' tha toirt a-staigh Obar Dheathain agus an costa an ear, ged a bhios na bailtean Gaidhealach gu mòr air thoiseach nuair a thig e gu co-dhùnadh.

Thuirt ceann-suidhe a' Chomuinn, Aonghas Dòmhnullach: "S e prìomh fhèis Ghàidhlig na h-Alba a tha anns a' Mhòd Nàiseanta Rioghail agus tha sinn air a bhith beachdachadh air Gearcall a' Mhòd airson greis.

"S e rud a tha ann a tha ar buill ag iarradh fhacinn agus tha sinn air for a ghabhail de na beachdán aca, agus beachdán ar priomh luchd-taic mar na h-ùghdarrasan ionadail, ann a bhith ruighinn a' cho-dhùnadh.

"Le bhith toirt a-staigh cearcall, bheir e cuideachadh dhan Chomunn Ghaidhealach agus dhan Mhòd ann a bhith ag ullachadh air adhart airson an tachartais."

Théid CD ùr a chur ri chèile le stuth bho Mhòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna.

Théid na h-òrain shònraichte a chaidh an ainmeachadh airson farpaisean a sheinn le Mairi Nic Choinnich agus thèid piosan bàrdachd a leughadh le Mairi Ellen Stùibhart. Bidh 68 pios air uile gu lèir agus cosgaidh e £3.

Bhon làimh chli chun làimh dheis: Fiona NicChoinnich; neach-gairm a' Mhòd, Iain A MacIomhar; agus, Mairi Ellen Stùibhart

MacNèill a' cruthachadh eachdraidh ann an Lunnaid

Chaidh eachdraidh a chruithachadh ann an Taigh nan Cumantan nuair a thug ball-pàrlamaid ùr nan Eilean Siar, Aonghas Brianan MacNèill, an óraid aige seachad sa Ghàidhlig.

Ged a tha buill-pàrlamaid air a bhith ann an Lunnaid aig an robh an cànan roimhe seo 's e seo a' chàidh uair a sheas cuideigin gu foirmeil anns an t-seòmar gus na bha aca ri rádh a libhrigeadh sa Ghàidhlig.

Thuirt Mgr MacNèill gun do ghabh e iongnadh cho mòr 's a thug daoine taic dha.

A' bruidhinn ann an Taigh nan Cumantan, thuirt e: "A neach labhairt 's ann a tha e a' toirt tolleachas dhòmhnaill a' an-diugh m' oraid a thòiseachadh ann an cainnt m' òige, cainnt a thug m' athair dhomh is 's ann a tha mi a-nis fior thaingeil gun robh e daingean a' déanamh cinnteach gum biodh cànan mo sgìre agam.

"S i a' Ghàidhlig a' chainnt Cheileach a rinn Alba na dùthach air a bheil sinn eòlach an-diugh. 'S e na Gaidheil a tha againn fhèin, ach thug na Ròmanach Scotti oirnn mar a thug na Iriquois 'Eskimo' air na h-Inuit.

"Thug Ghàidhlig is dà-chànanas iomadh buannachd dhòmhnaill. Tha i a' déanamh ceangal ri mo charaidean bhon Chuimhrigh — ged nach tuig an dà chaint Ceileach a chèile agus tha i a' cuimhneachadh dhuinn ceanglaichean ri Eilean Mhanainn is ri Éirinn."

Ghabh Mgr MacNèill, a bhuiteas do Phàrtaidh Nàiseanta na h-Alba, àite Chaluim Dhòmhnullach, bhon Phàrtaidh Lèabarach, a bha air a bhith riocdhachadh na sgire airson 18 bliadhna.

Craoladh fon phrosbaig — lèirmheas no lèireadh?

A' coimhead air adhart ri clàr-ama craolaidh na mìos, le Seonaidh Ailig Mac a' Phearsain

Ma tha dad idir nas maireannaiche na gaol is ceòl saoilidh mi gur e breith-neachadh is beachdachadh air craoladh. Thig crioch air an t-saoghal ach mairidh lèirmheas craolaidh. Ultaicheadh de bhritharan gan criathradh tro shioltachain, còmhraidhean cama gun cho-dhùnadh, coiltean de phàipear, cuspadh cainnte gun chìch, monabar an siud 's fathann an seo. Nam biodh uiread de dh'ùine 's de dh'airgead air a chosg air prògraman 's a thathar a' cosg air lèirmheas abair gun tigeadh piseach air craoladh. Ged a tha gainne airgid is ghoireasan a' cur maille air sianal telebhisein Ghàidhlig, nuair a thig e gu sgrùdadh is measadh chan eil caomhnaidh air canabhas.

'S e an tiùrra mu dheireadh a dh'fhàg làn-reothairt na lèirmheas na freagairtean a chaidh a thoirt do Phàipear Uaine an Riaghaltas air Cairn Rioghail a' BhBC. Bha am freagairt ag Seirbheis nam Meadhanan Ghàidhlig glè shoilleir: bidh iad a' sreachd gun tèid sianal Ghàidhlig a chruithachadh ann an 2006 los gum bi craoladh Ghàidhlig air a dhaingeachadh 's air a neartachadh mu choinneimh na h-imeachd gu craoladh digiteach a-mhain. Tha iad ag aontachadh gum bi pàirt chudhrromach aig a' BhBC anns an iomairt seo agus ag ràdh gu bheil còmhraidean torach air a bhith eadar iad fhèin agus am BBC

a tha craoladh am bogadh ann a sùil-chruithaich sgrùdaidh neo air tachartas gach sia bliadhna agus thèid cothrom a thoirt do na sgirean eile — an iar-dheas agus an ear-dheas — gach sia bliadhna cuideachd. Ged a chaidh an t-atharrachadh a chur air chois mar leasachadh, cha robh a h-uile duine toilichte leis. Thuirt iar neach-gairm Comhairle na Gaidhealtachd, Micheal Foxley, gum b' fheàrr leis-san an fhèis a thoirt gu cinnteach dhan Ghaidhealtachd gach trì bliadhna agus gun toireadh iad taic-airgid luach £40,000 seachad airson sin gach bliadhna.



adhachadh fo chàrn pàipeir, gu fortanach tha prògraman fhathast rim faicinn 's rin cluaintinn. Agus tha an fheadhainn a tha gan eisteachd 's gan amharc a' toirt am beachd orra. Fear de na prògraman a tha tarraing mòran molaidh 's e am prògram as giorra air ràdio: an Litir do Luchd-ionnsachaidh aig Ruairidh MacIII Eathain. Achionn 's gu bheil an litir air an eadar-lion ann am fuaim agus ann an sgrìobhadh tha daoine ga h-eisteachd air feadh an t-saoghal. Tha còrr is trì cheud de na Litrichean a-nis air an craoladh agus tha dòchas nach fhada gum bi iad ann an cruth leabhair.

O chionn ghoirid thòisich An Litir Bheag, airson luchd-ionnsachaidh aig ceum nas isle. Agus tha i a' faighinn moladh mar an ceudna. Tha tè à New York ag eisteachd ris an dà litir agus thuirt i gu robh an litir abhaisteach na b' phas a tuiginn an dèidh an Litir Bheag a chluinntinn: "Saoilidh mi gun tug an litir shimplidh seòrsa de 'running start' dhomh. Dh' eist mi ris an litir eile dà thuras — gun a bhith ga leughadh an toiseach mar is àbhaist dhomh — agus tha mi toilichte a ràdh gun do thuig mi a' chuid bu mhotha dhith ach a chiall! ..chan eil mi cinnteach an e seo tha ceart... Nach ann mì-mhodhail a bha fear an taghe san stòridh agus esan a' toirt air an luchd-tadhail a chleachadh mar chonadh.

Tha sreach ùr a' tòiseachadh air telebhisean aig toiseach an Iuchair. Beachdaichidh Fianais Shùil air cuid de na h-innleachdan 's na goireasan a thug buaidh air coimhearsnachdan Gaidhealach anns an 20mh linn. Co aige tha cuimhne air na ciad aiseagan charbadan dha na h-eileanan, a' chìad telebhisean air Ghaidhealtachd, beart Hattersley, einnsean Kelvin, stòbh Modern Mistress agus tractor Ferguson? Sibhse aig a bheil cuimhne orra bheir na prògraman seo cianalas oirbh. Agus sibhse aig nach eil gheibh sibh fiosrachadh eachdraidh. Agus ma stòbh Modern Mistress agaibh air fhàgail, faoaidh sibh na pàipearan a tha déanamh lèirmheas air craoladh a chleachadh mar chonadh.

Fior dhragh mu choinneimh bile an Riaghaltais air croitearachd

Tha mòran dhraghan air nochdadh mu na h-atharrachaidhean a tha Riaghaltas na h-Alba a' moladh a thoir air croitearachd agus grunn dhaoine ag ràdh gun toir iad fior chrionadh air a' ghìnómachas.

Tha a' chuid as mothadh iomagain mu choinneimh rùn an Riaghaltas airson am fearann croitearachd fhosgladh a-mach gu barrachd na direach obair àiteachais.

Ma thèid gabhail ri Bile Ath-leasachaidh na Croitearachd mar a tha e bidh e ciallachadh nach bi aig croitearan ris an talamh a chur gu feum ann an cruth àiteachais, ach direach ann an dòigh "feumail".

Thatar dhen bheachd gu lean seo gu daoine a bhith

cleachdadhean croitearachd airson airgead a dhèanamh dhaibh pèin, mar eisimpleir a bhith ga bhriseadh an-àirdre agus ga reic airson làraichean thaighean.

Tha am Bile air fhaicinn air leth cudthromach airson croitearachd san àm ri teachd oir seo a' chìad uair a thàinig atharrachadh sam bith air an lagh bho chaidh an Achd a tha ann an-dràsta a stèidheachadh ann an 1976.

Chuala buidheann croitearachd Pàrlamaid na h-Alba fianais air a' bheil bho choinn mar ghoid agus chaidh a dhèanamh soilleir dhaibh gur e droch bhuaibh a bhiodh aig na h-atharrachaidhean.

Thuirt Alasdair MacIomhar, neach-gairm urra-

maichte Bunait Croitearachd na h-Alba, gur e oidhpr a bha seo cur às do croitearachd.

"Dh'innis sinn dhan bhuidhinn gun robh am Bile a' dol an t-slige cheàrr agus an àite bhith dion croitearachd agus ga ceangal gu cinnteach ri na sgìrean iomallach airson cothrom obrach agus cothrom còmhnaidh a thoirt dha daoine, 's ann a dhèanadh e an dearbh rud an aghaidh sin," thuirt e.

"Tha seo a' toirt coirichean dha daoine a tha aca mar-thà, ach cha chuir e idir dion air siostam na croitearachd. Tha seo a' fosgladh an fhearainn gu cothrom an airgid, le taic bhon lagh. Chan eil croitearan airson an siostam atharrachadh, ach bheir seo an cothrom dha daoine a tha mas fhòr nan

croitearan a thighean a-steach dhan t-siostam agus airgead a dhèanamh às. Bidh am fearann a' cur thairis le taighean agus thig na mìltean airson an deagh bheatha fhaighinn agus gun sgeul air an deagh bheatha sin."


Dh'aontaich am ball-pàrlamaid Iain Fearchar Rothach ris a' bheachd agus gheall e gu feuchadh e ris a' Bheile atharrachadh.

A' rabhadh nan tigeadh e air adhart mar a tha e gun cuireadh e às do croitearachd, thuirt e: "Thug Achd 1976 an cothrom dha croitearan am fearann aca a cheannachd, ged nach do ghabh mòran aca an cothrom sin. An fheadhainn a ghabh cha tug iad leasachadh sam bith air an fhearrann, agus cha do chleachd iad

e son obair àiteachais. An àite sin reic iad na croitean aca airson làraichean thaighean agus cha do rinn sin cail a dh'fheum dha croitearachd.

"Bu chòir dha Coimisean nan Croitearan leigeil dha croitearan taigh eile a thogail air a' chroit, no aon lèrach a reic, mas e sin a bha iad ag iarraidh. A-nise tha an Coimisean a' leudachadh nan coirichean airson a' chroit a réic air a' mhargaidh fhosgalte.

Thig na daoine leis an airgead mòr a-steach agus chan fhaigh öigradh an àite air croitean a cheannachd gus taigh a thogail airson fuireachd sa coimhearsnachd."



Iain Fearchar Rothach

Gluasad air a' Ghàidhlig ann an oifis a' choimisein

Tha oifis a' Choimisein Eòrpaich ann an Alba air a ràdh gun toir iad barrachd àite dhan Ghàidhlig aon uair 's gum bi Achd Gàidhlig na h-Alba na lagh oifigeil.

Thuirt ceannard na h-ofise, Elizabeth Holt, gum biodh "deastanas moralta" orra inbhe a' chànan a thogail taobh a-staigh obair na buidhne nuair a thig an Achd gu bith.

Tha geallaidean Holt

na dheagh naidheachd oir chan eil an Achd idir a' toirt a-staigh buidhnean oifigeil nach eil fo smachd Riaghaltas na h-Alba, mar oifis a' choimisein.


"S e seo rudeigin air a bheil sinn air a bhith a' smaoineachadh bho chaidh a ràdh rinn gur e rud math a bhiodh ann,"

thuirt i. An-dràsta tha sinn a' smaoineachadh, airson Breatainn air fad, barrachd a dhèanamh le grunn chànan. Ach, a-thaoibh Alba bhiodh Gàidhlig freagarrach oir 's i cànan dùthchasach na dùthcha."

Sa chìad dol a-mach thuirt i gum feuchadh iad ri Gàidhlig a chur air an t-seirbheis eadar-lin aca agus gum biodh leasachaidhean sam bith eile an urra ri dè a gheibheadh iad de dh'airgead airson a dhèanamh.

Dh'innis Holt nach robh cus de litreachas aig an oifis ga ullachadh a thuillean air an làraich-lin, ach gun robh bileag-fiosrachaidh aca agus 's dòcha gum faigheachd air a' Ghàidhlig a chur air an sin cuideachd.

Plana airson bàile mòr ùr a thogail aig tuath



Tha planaichean inntinneach air fhoillseachadh gus baile ùr a chruithachadh faisg air Inbhir Nis anns an bhliadhna 2017. Tha plana leasachaidh Inbhir Nis cuideachd a' tomhais gum bi mu 30,000 duine a bharrachd a' fuireach san sgìre ann an 40 bliadhna eile.

Tha an làrach a' laighe air a' phriomh rathad eadar Inbhir Nis is Inbhir Narainn agus tha an sgeama air a cheangal ri leasachaidhean anns an t-siostam còmhaghala, gu h-àraidh air a' phriomh rathad fhèin agus an rathad a-steach chun phort-adhair.

Tha an làrach a' laighe air a' phriomh rathad eadar Inbhir Nis is Inbhir Narainn ron bhliadhna 2017. Tha plana leasachaidh Inbhir Nis cuideachd a' tomhais gum bi mu 30,000 duine a bharrachd a' fuireach san sgìre ann an 40 bliadhna eile.

Thuirt an comhairliche Sandy Park, cathraiche comataidh leasachaidh na comhairle, gun deach innse dhaibh gum bu chòir coimhead ri taobh an ear a' bhaile airson leudachadh sam bith.

"Tha stòras de dh'fhearrann againn airson taighean airson grunn bhliadhna, ach feumaidh sinn ullachadh airson an ama ri teachd oir tha sgire Inbhir Nis a' sior fhàs mar àite tarraingeach airson fuireach is obrachadh innte.

Tha aithisg nan èolaichean cuideachd a' moladh gum bu chòir dhuinn leantainn air adhart agus àitean còmhnaidh ùr a chruithachadh eadair Inbhir Nis is Inbhir Narainn."

Tha an talamh air a bheil iad a' beachdachadh a' phròiseact a stèidheachadh fo smachd Oighreachd Shiorachd Mhoireibh agus tha iadsan air a ràdh gu bheil iad deònach ann am priomhsabal a thoirt seachad.

Tha aithisg nan èolaichean cuideachd a' moladh gum bu

chòir coimhearsnachd ùr a stèidheachadh air seann làrach gàrradh ola Àrd nan Saor airson mu 3,000 duine agus na bailtean a tha thimchean an sgìre an-dràsta a leudachadh airson 1,200 taigh ùr eile a ghiùlain.

Thatar ag aithneachadh gu bheil obair mhòr ri dhèanamh mus fhaic am moladh solas an là, gu h-àraidh ann a bhith leasachadh nam priomh sheirbheisan — an dealan, gas, uisge agus òitreachas, a thuili-

leadh air na rathaidean.

Tha eaonamaidh Inbhir Nis air a bhith a' sior eàrig sna beagan bhliadhna, a dh'fhalbh agus e-a-nis air leth duilich taigh fhaighinn sa bhaile air pris reusanta.

Ged a bhios mòran a' toigil teagamh mu phlana na comhairle chan e seo idir a' chìad uair ann an Alba a thatar air baile ùr a chruithachadh bho thus. Chaidh Dùn Bhreatann, Cille Bharagh an Ear, Baile Dhùn Lèibhe gu lèir a

chòir coimhearsnachd am baile ùr a stèidheachadh air a' phriomh rathad eadar Inbhir Nis is Inbhir Narainn.

chruithachadh airson àitean còmhnaidh a bharrachd a thoirt dha daoine a bha fuireach ann am bailtean mòra na dùthcha.

Leabhar ùr bho ghaisgeach a' Mhòid

Chaidh leabhar ùr fhoillseachadh a tha a' toirt cunnas pearsanta seachad air fear de ghaisgeach a' Mhòid Nàiseanta Rioghail.

Tha an Dotair Brian Duxbury air a bhith an lùib na feise corr air 55 bliadhna agus bha e a' clàradh nan óran agus nan cuirmeann fad bhliadhna.


Chaidh na rinn a chur ri chèile ann an stòras mhòr agus thug e seachad an stuth aige dhan BhBC beagan bhliadhna air ais.

Tha e an-diugh 93 agus tha fior chuimhne aige air na Mòdhan thairis air na bliadhna.

Thuirt ceann-suidhe a' Chomuinn, Aonghas

Dòmhnullach: "Tro dhil-sachd dhan chànan is dhan chultar tha an Dr Duxbury air goireas luachmhor a thoir dhuinn nach dòcha a bhiodh idir againn mura biodh e."

Tha an leabhar aige, 'Highlander by Election', ri fhaighinn bho ofisean a' Chomuinn aig prìs £5.



Highlander by Election
by Brian MacDougall Duxbury

Hebridean Jewellery

Airson gibht a cheannach dha cuideig no airson beagan fein-riarachadh fhaighinn à bhith a' ceannach, cha tèid sibh ceàrr ma thadhalas sibh air bùth

Hebridean Jewellery
aig 63 Sràid Chrombail

Tha gu leòr againn dhan cheannaiche bho seudaireachd òir is airgid déanta an Uibhist is taghadh bho chompanaidhean eile gu leabhrachaean air iomadh cuspair, CDan le ceòl Ceilteach agus taghadh farsaing de ghibhteann eile

Eisimpleir a' laighe ann an obair nan daoine sàmhach



Cathaidh Mairi Nic a'Mhaoilein

Mar as trice bidh mi a' seachnadh nam poileataigs, seach nach eil mòran suim agam san dòigh sa bheil ar dùthaich air a riaghadh. Chan eil mi idir ag ràdh nach eil diù agam, ach saoilidh mi nach eil e gu diofar sam bith dè bhios mi fhìn no mo nàbaidh no gu dearbh duine againn ag iarraidh, tha de chumhachd aig luchd nam poileataigs 's gun dèan iad mar a thogras iad fhèin.

Chan eil againn ach coimhead air Tony Blair airson sin a thuiginn. O chionn bhliadhnan tha an àireamh a bhios a' tighinn a-mach a bhòtadh air

lùghdachadh gu mòr, gu sònraichte nuair a thig e gu àm taghaidh Pàrlamaid na h-Eòrp. Tha fios againn cò tha gar riachdachadh ann an Dùn Èideann agus an Lunainn, ach cò tha a' cur ar gnothaichean agus ar cuisean fa chomhair luchd-riaghlaidh na Ròinn Eòropa? Tha nàir orm aideachadh gur beag m'fhiös, chan ainmch mi iad air bàrr mo theanga, agus chreidinn nach eil mòran againn a tha cinnteach cò na buill-pàrlamaid Eòrpach a th' againn.

'S dòcha gu bheil sinn den bharail nach eil a' bhòt seo a' cunntadh cus co-dhiù, ach mas e sin do bheachd, tha tu air do mhòr mhealladh. Tha fios agus faireachdann againn gu bheil buaidh agus smachd mhòr aig pàrlamaid na Ròinn Eòropa thairis òirnn, faighnich dha na h-iagsearan agus na ciobairean 's cha bhith iad fada ga innse. Tha cùirt a' cheartais Eòrpach gu math cumhachdach, tha cuideachd sporan mòr airgid aca ga riaghadh air feadh gach dùthcha; airgead air an dh'fhuair a' Ghaidhealtachd agus na h-eileanan cothrom chinn reamhair na maraig roimhe agus a thug piseach agus buannachdan mòr na lùib. Ach an dùil air robh beachd againn dìreach dè na cumhachdan a bha am bunreachd ùr ris na chuir an Fhraing

agus an Òlainn an cùl anns an dàsheachd a chaidh seachad a' dol a thoir do luchd-phoileataig a' Bhruseil?

Chan urrainn dhòmhsa a ràdh ach mar a chluinneas mi agus na leugh mi roimhe sna pàipearan an-uirdh, agus cuid aca, gu sònraichte an Daily Mail, a' toirt rabhadh gun toireadh Tony Blair seachad còiricheadan ar dùthcha, gun beachdan an t-slaugh fhaighinn agus bidh e inntinneach fhaicinn dè ni e a-nis, agus dà dhùthach a bha o thus anns an Aonadh Eòrpach air bhòtadh an aghaidh na bunreachd. Chan eil math dhuinn seo a leigeil seachad òirnn, tha e cudromach do dh'Alba na bhios de chumhachd aig a' Bhruseil os ar cinn.

Seach gu bheil mi gam chall fhìn aig na naidheachdan idir, tha cho math sùil aithghearr a thoirt air laochan ainmeil eile. Cò ach Bob Geldof, a tha a' toirt fior cheann goirt do phoilis Dhùn Èideann an-dràsta fhèin. An seòrsa duine th' ann an Geldof, tha e dulich a dhèanamh a-mach an e gaisgeach no bleagairt a th' ann. Tha fios gu bheil daoine ag èisteachd nuair a bhruidhneas e, ged is iomadh fal crost a tha na chòmhagh! Tha fios cuideachd gu bheil e air mòran feum a dhèanamh airson airgead a thogail airson nam bochan, agus tuigidh mi carson

a tha e ag iarraidh air daoine fianais a thogail ri riochdairean dhùthchannan chumhachdach na cruinne-cè. Dh'aindeoin saoibhreas an t-saoghail san là beartach a th' ann, tha daoine a' bàsachadh le gort agus galaran. Gu dearbha chan eil am freagairt agam fhìn, ach tha teagamh agam gu bheil e ciallach dha Geldof a bhith a' moladh do dhaoine dèanamh air Dùn Èideann nan dròbhan.

Chan eil tuigs' againn de bhochdainn, ged is tric a chì sinn rud a ghluaiseas ar cridhe air telebhisean, agus a bheir òirnn ar làmh a chur nar pòcaid, 's tha sin fhèin a' sàsachadh ar cogais. 'S e glè bheag a chluinneas sinn mun fheadhainn a tha, nam dòigh shàmhach iriosal fhèin, a' toirt taic agus comhair do dhaoine bochd, ann a bhith ag obair nam measg anns na dùthchannan bochd. Cha b' urrainn dhomh ach coimeas a dhèanamh air an t-seachdain a chaidh seachad, eadar an dòigh sa bheil Geldof a' cosnadh clù dha fhèin agus an dòigh sa bheil Ceanaidh MacChoimhich à sgìre Bhac ann an Leòdhais, agus mòran eile de leithid, gu h-iriosal a' dèanamh saothair ann an Uganda, agus iadsan a' facinn agus a' fuireach sa bhochdann seo, a' toirt dòchas spioradail, comhair agus cosnайдhean.

Bàrd Sgitheanach air Duais Eadar-nàiseanta a chosnadh

Tha bàrd a tha a' fuireach san Eilean Sgitheanach air duais mhòr a bhuanachadh aig farpais bhàrdachd eadar-nàiseanta ann an Èirinn. Choisinn Rob MacIlleChiar, a bha na Sgrìobhaiche aig Sabhal Mòr Ostaig, priomh dhuais na farpais airson dàn ann an Gàidhlig aig an 16mh Fèile Filiochta, a chaidh a chur air bhonn le Comhairle Contae Dhun Laoghaire.

Tharraing an farpais còrr is 6000 dàn ann an naoi cànalan, le Gàidhlig na h-Èireann, Beurla, Frangais, Gearmailtis, Cuimris is Gàidhlig na h-Alba nam measg.

Ged a bha an farpais air a sgeadachadh le dàin bho sàr bhàird na Gàidhlig, 's i bàrdachd Roib a thàinig am bàrr is fhuair e 800 Euro mar dhuais. Am measg



nam bàrd eile bha Meg Bateman a fhuair an dàrna duais is bha Aonghas Dubh MacNeacail, a bha na Sgrìobhaiche Albannach na Bliadhna, san treas àite.

Tha na bàird sin a' daingneachadh nan ceanglaichean làdir eadar Sabhal Mòr Ostaig is an farpais seo tha Bateman na h-òraidiache aig a' Cholaiste Ghàidhlig is b' àbhaist Aonghas Dubh a bhith na sgrìobhaiche anns an dearbh àite. Bhon a chuir Fèile Filiochta duais Ghàidhlig air chois, chan eil acht aon bhàrd ann a shoirbhich aig nach robh ceangal ris an t-Sabhal.

A-thaobh an 800 EURO a bhuanachadh e "s ann air èiginn a phàigh e airson na ticeid a thighean a dh'fhaighinn na duais," thuirt e. "Ach thug an turas air fad tlachd is toileachas dhomh."

Tha obair an sgrìobhadair a' faighinn taic-airgid bho Comhairle Ealain na h-Alba. Thuirt Gavin Wallace, a tha os cionn Litreachas aig a' chomhairle: "Tha an sgeama seo na dheagh chothrom dhaibh an cuij sgrìobhadh a leasachadh a bharrachd air a bhith ga bhrosnachadh taobh a-staigh na coimh-hearsnachd fhèin agus tha sinn fior thoilichte mun duais aig Rob.

Rob MacIlleChiar



TIGH DEARG HOTEL

Ma thig sibh gu ar n-eilean àlainn a choiseachd miltean de thràighean neo-mhillte, a dh'iasgach ann an aon de ar miltean de lochan fior-uisgeach, a thadhal air ar tèarmann-eun a tha ainmeil air feadh an t-saoghail no gar bogadh fhèin ann an ceòl is cultar an eilein seo ann an Innse Gall gheibh sibh na leanas

anns an taigh-òsta seo:

Sàmhchair, Sith, Suaimhneas agus Fois!

A' FOSGLADH AS T-SAMHRADH 2005,
THA AN TAIGH-ÒSTA MAISEACH SEO A' TABHANN
SEALLAIDHEAN ÀЛАИНН BHO LOCH NAM MADADH GU MUIR,
8 SEÒMARAN-CADAIL DÙBALTE/SEÒMARAN CÀRAID,
REASDRAINN ÙR,
SEÒMAR-BÀIR COFHURTAIL,
GÀRRAIDHEAN DEALBHTE
ÀITEACHAN-ITHE DEACTE A-MUIGH

Anns a' Chlub Athais taobh a-staigh an taigh-òsta tha lann lùth-chleas le Cràdhshlatan, Baidhsagalan, Innealan-iomraighe, Trèanair Ughach agus Ioma-Lann Lùth-chleas.

Anns a' chlub athais tha **Taigh-fallais** agus Rum toit far am faigh sibh air fois a ghabhail is far am fàg buannachdan na teodhachd sibh a' faireachdann foistinneach is saor bho uallach!

AIRSON TUILLEADH FIOSRACHAIDH IS FIOSRACHADH MU LEABHRACHADH CUIRIBH FIOS GU:

TIGH DEARG IS CLUB ATHAIS, LOCH NAM MADADH, UIBHIST A TUATH, HS6 5AE
FÒN: 01876500700

POST-D: tighdearghotel@aol.com
www.tighdearghotel.co.uk

Fàs Mòr Ìle

Manaidsear Pàirt-ùine Ionad Cùram-Cloinne

Tuarastal suas gu £15,000 sa bhliadhna

3 Neach-cuideachaidh Làn-thide Ionad Cùram-Cloinne

(Ròinn-obrach ceadaichte) - Tuarastal suas gu £7.50 san uair

Bidh Fàs Mòr Ìle na chompanaidh ùr a bhios a' ruith an ionad cùram-cloinne aig Ionad Chaluim Chille Ìle. Gheibh suas ri 16 clann eadar 0 is 5 bliadhna a dh'aois cùram tro mheadhan na Gàidhlig ann. Bidh Fàs Mòr Ìle fosgalte 5 làithean san t-seachdain, 50 seachdain sa bhliadhna.

'S e cothrom dha-riribh a tha seo an t-ionad a chur air dòigh 's a thoirt gu ire ann an togalach coimhhearsnachd àlainn. Bidh gach tagraiche a thèid an taghadh lán misneachd is uidh ann a bhith ag obair tron Ghàidhlig còmhla ri cloinn 's an teaghlaichean. Bidh am Manaidsear mar-thà a' stiùireadh sgioba cùram-cloinne 's ag obair còmhla ri proifeiseantaich eile. Feumaidh co-dhiù teisteanas N/SVQ3 (no a leithid) a bhith aig a' Manaidsear ann an Cùram-Cloinne is Foghlam, agus bithear an dùil gum bi gach Neach-cuideachaidh co-dhiù a' trèanadh chun an teisteanais seo. Feumaidh gach tagraiche a bhith an ire mhath fileanta sa Ghàidhlig cuideachd.

Ma tha uidh agaibh anns na 4 dreuchdan seo, nach sgrìobh sibh thugainn le ur cunnas beatha. Ma tha ceistean sam bith agaibh mu na dreuchdan, cuiribh fòn gu 01496 810300.

Tagraidhean a-steach ro Dhihaoine 17 Òg-mhios 2005.

Tha co-ionnanachd chothroman aig cridhe Ionad Chaluim Chille Ìle agus cuirear fàilte air iarrtasan bho gach roinn den choimhhearsnachd.



An Rùnaire, Fàs Mòr Ìle, Ionad Chaluim Chille Ìle, Gartnafra, Bogh-Mòr, Eilean Ìle PA43 7LN Fòn: 01496 810818/810300; Post-dealain: info@iccile.co.uk

Comhairle na Gaidhealtachd a' gabhail ceum air adhart

Tha Comhairle na Gaidhealtachd air plana Gàidhlig fhoillseachadh — a' chìad bhuideann phoblach ann an Alba a tha air a leithid a dhèanamh bho chaidh Achd ùr na Gàidhlig a stèidheachadh.

Chaidh an roi-innleachd a chur air bhog le Peadar Peacock, am ministear ann an Riaghaltas na h-Alba air a bheil uallach airson a' chànan.

Thuit e gum biodh e deònach toirt air buidhnean poblach eile na dleastanasan aca don Ghàidhlig a choileanadh ma dhiùltas iad sa chìad dol a-mach leithid de phlana a chur air doigh iad fhèin.

Tha plana na comhairle ag amas air:

- àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sa Ghaidhealtachd àrdachadh
- brosnachadh agus taic a thoirt dhan chànan mar chànan



Clàr ùr bho luchd-ciùil fhèis ùir

Le clàr a' chìad Blas a-nise an ire mhath ann an òrdugh, tha an ire gu bheil e ag amas air òigridh thàlantach a chur na theis-mheadhain soilleir.

Tha an clàr airson Blas 2005 a' nochdadh mar a tha an cudthrom ga chur air òigridh le leithid còmhlaing, Acadamh Bhaile Dhùibh-thaich, Gizzenbriggs, na Tasse Bandits, agus le luchd-ciùil a tha gan oideachadh aig Sgoil a' Chiùil Thraidiseanta aig an Ard Sgoil ann am Ploc Loch Aillse. Rin cluinnnt cuideachd ann am Blas na bliadhna tha òigridh leithid Jenna Chuimeanach, Seumas Greumach, Calum Ailig Mac a' Mhaolain agus Lauren Nic Cholla. Bidh mòran luchd-ciùil eile a' gabhail pàirt, mar a thèid an fhèis air adhart, agus bidh cuid, a tha an-dràsta ceangailte ri caochadh fhèisean, a' nochdadh mar "Cèiliadh trailers" an siud s-

coimhersnachd

• fàilte a chur air beartas na Gàidhlig agus mar a chuir i ri dul-alas cultar na Gaidhealtachd.

Thuit Mgr Peacock: "S e clach-mhile a bha anns an Achd Ghàidhlig dhan chànan san àm ri teachd — ach cha robh ann ach toiseachadh.

Cuidichidh planaichean cànan, mar fear Comhairle na Gaidhealtachd, an cothrom a thoirt dha daoine a' Ghàidhlig a chealachadh nam beatha làitheil.

"S ann tro bhith a' dèanamh cinteach gu faigh daoine air an cànan ionnsachadh agus a chealachadh as urrainn dhuinn a chumail beò san àm ri teachd ann an Alba ùr. Tha mi a' coimhead air adhart ri Comhairle na Gaidhealtachd fhaicinn a' leasachadh a' phlana nas fhaide airson coinneachadh ri comhairle a thig bho Bhòrd na Gàidhlig rè tìne."

Ged a chaidh failte a chur air foillseachadh a' phlana chan eil fad sam bith bho dhiùlt comhairlichean Inbhir Nis, trìomh bhaile na Gaidhealtachd, soidhnichean dà-chànanach a chur suas sa bhaile.

Thuit iar neach-gairm na comhairle, Micheal Foxley: "Tha mi an dòchas gum bi am plana againn na eisimpleir agus na bhosnachadh dha uighdarrasan poblach eile. Tha cànan is cultar beartach aig a' Ghàidhlig agus tha i a' dol tro fior ath-nuadhachadh sa Gaidhealtachd.

"Tha sinne airson a bhith aig toiseach an ath-bheothachaidh seo, gu h-àraidh tro ar taic dha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a thòisich an toiseach ann an 1985. Chaidh ar plana ullachadh ann an spiorad Achd na Gàidhlig agus tha e ag aithneachadh cho cudthromach 's a tha sinn a' faicinn brosnachadh a' chànan agus a' chultair sa Ghaidhealtachd."

Thuit cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Donnchadh Fearghastan, gun robh iad ag amas air obrachadh ann an co-bhuijn leis a' comhairle airson dèanamh cinteach gum bi am plana soirbeachail.

"Tha Bòrd na Gàidhlig a' moladh Comhairle na Gaidhealtachd airson na rinn iad thairis air na bliadhnaich airson a' Ghàidhlig a neartachadh agus a bhosnachadh agus cuideachd ann a bhith a' foillseachadh a' Phlana Chànan seo," thuit e. "Tha seo a' daingneachadh cho dealasach 's tha a' comhairle a thaobh na Gàidhlig agus tha sinn a' coimhead air adhart ris a' phlana fhaicinn ga chur an gnòm agus a' Ghàidhlig a' fàs san sgìre."

Peadar Peacock, na comhairleachan Micheal Foxley agus Hamish Friseal, agus Donnchadh Fearghastan bho Bhòrd na Gàidhlig

"S iadsan an fheadhainn ris am bi sinn a' coimhead anns na làithean ri teachd agus tha iad airidh air gabhail riutha cho math rì càch. Bidh òigridh cuideachd an sàs ann an obraichean eile aig an fhèis agus thèid aire shòrnachte a thoirt do nas urrainn a bhith an làthair dhiubh-san aig a bheil ùidh ann an ceòl aig na bhios ann de chuirmean."

Tha Jenna Chuimeanach, seinneadar òg Gàidhlig, làn aoibhneis mu a bhith a' gabhail pàirt am-blàadhna. "Do luchd-ealaín òg, mar mise, tha Blas a' toirt cothrom math a bhith air an àrd-ùrlar an cuideachd feadhainn a tha gu math nas èolaiche. Tha na bhios an làthair de dh'òigridh aig an Fhèis uabhasach fhèin misneachail agus tha e sgoineil gum bi na h-uimhir ann bhon gheinealach òg de sheinneadairean 's luchd-ciùil."

Prìomh Sgeulachdan na Mìos

Ceist mu chomasan a' bhùird

Tha Bòrd na Gàidhlig air a dhol às aicheadh casidean nach urrainn dhaibh plana nàiseanta a dhealbh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh uallach a bharrachd a chur air beulaibh a' bhùird nuair a thuit ministear na Gàidhlig ann an Riaghaltas na h-Alba, Peadar Peacock, gum biodh dleastanas orra roi-innleachd a chur air bhog a dhèanamh mar a' cumail a-mach nach robh gu leòr luchd-obrach aca.

Thuit ian neach-gairm, Micheal Foxley: "Dh'fheuch a' comhairle ris a' bheile atharrachadh airson gum biodh foghlam Gàidhlig agus roi-innleachd nàiseanta foghlam Gàidhlig na dhleastanas air a' mhiniestar.

"Dhiùlt e sin agus a dh'aindeoin ar fior oidhrip tha an t-ualach a-nis a' laige a-mhàin ann an làmhan Bòrd na Gàidhlig. Tha dragh ann gum bi seo cus dhan bhòrd."

Dh'fhoillsich Comhairle na Gaidhealtachd gu bheil

teagamh aca mu dheidhinn ciamaid a gheibh a' bhuidheann air plana foghlaim a dhèanamh air muin ran rudan eile a tha aca ri choileanadh. Bha iad gu sòranach a' cumail a-mach nach robh gu leòr luchd-obrach aca.

Thuit an ian neach-gairm, Micheal Foxley: "Dh'fheuch a' comhairle ris a' bheile atharrachadh airson gum biodh foghlam Gàidhlig agus roi-innleachd nàiseanta foghlam Gàidhlig na dhleastanas air a' mhiniestar.

"Dhiùlt e sin agus a dh'aindeoin ar fior oidhrip tha an t-ualach a-nis a' laige a-mhàin ann an làmhan Bòrd na Gàidhlig. Tha dragh ann gum bi seo cus dhan bhòrd."

Ged nach robh iad airson a' chùis a dheasbad gu domhainn is gu poblach, bha iad airson a dhèanamh soilleir gu bheil iad airson co-obrachadh air a' chùis. Thuit iad gun robh còignear neach-foghlaim proifeasant aca airson a dhèanamh.

Up raid san Eilean Sgitheanach

Nochd ùpraid ann an coimhersnachd bheag, iomallach san Eilean Sgitheanach an dèidh dha a thighean am folais gu feumadh planaichean airson tuathanas-gaoithe tòiseachadh a-riisthist.

Chaidh milleadh a dhèanamh air dachaighean agus gàrraidhean le feadhainn de na daoine a tha cur an aghaidh a' mholaidh, ris a bheil a' chuid as mothà de dhaoinne san àite a' cur taic.

Dh'aontaich Comhairle na Gaidhealtachd taic a thoirt dhan phlana anns an Aodann Bhàn bho chionn corr air dà bhliadhna, ach a dh'aindeoin sin chan eil adhartas idir air a thighean air le iomairt làidir ga chur air doigh na aghaidh.

Thug Comann Luchd-Dìon nan Eun rabhadh seachad cuideachd gu feuchadh iad ris a' chùis a stad anns na cùrtean Eòrpach ma thèid e air adhart < rud a thug air a' comhairle sùil gu tur ùr a thoirt air.

Ach, bha mòran mìtoilichte leis an seo oir bha iad

dhen bheachd gun robh a' comhairle direach air eagal a ghabhail bho rabhadh gun deigheadh an toirt gu lagh.

Làithean as dèidh sin a thighean am folais chaidh milleadh a dhèanamh mu thimcheall taighean dhaoinne anns an sgire a bha stiùireadh na h-iomairt na aghaidh.

Thug cathraiche comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill, rabhadh seachad mus do thachair seo gum biodh an gluasad a' cialachadh gun deigheadh seann ghoirteas a thoirt beò a-riisthist.

Ach, thuit i: "Chan eil a' comhairle coimhersnachd a' bhaile, Moira NicDhòmhnaill



Làn choltas gum bidh fèis air leth eile ann am-bliadhna

Tha dùil gum bi Fèis Cheilteach Innse Ghall air leth soirbheachail am-bliadhna an dèidh na fèille a tha air a bhith air na ticeadan.

Am-bliadhna thathas a' cur failte air gu bheil an tachartas air deich bliadhna a dh'aois a ruighinn agus tha iad air luchd-ciùil clùiteach a thàladh airson an fhèis a dhèanamh sòrnraichte — Van Morrison, Runrig agus Shooglefifty, am measg feadhainn eile.

Bidh mòran eòlach air cò a tha ann an Van Morrison, a sheinn an t-òran ainmeil "Brown Eyed Girl" agus "Bright Side of the Road", agus tha Runrig air leth ainmeil am measg Ghaidheil òg is eile.

Tha an tachartas ga chur air adhart gach bliadhna ann an Steòrnabhagh agus tha e ruith thairis air ceithir oidhcheannan.

Chaidh an dàrna leth de na 15,000 ticeadan a reic sa chìad cheithir là a bha iad rim faighinn, a' sealltainn cho tarraingeach 's a tha an fhèis air fas. Tha a' mhòr chuid a-nis air an reic.

Tha an tachartas a' tarraing dhaoine bho fad is farsaing agus mar thoradh air cho trang 's a tha iad an dùil a bhith am-bliadhna bidh seirbhais adhair a bharrachd ga ruith air Didòmhnaich, an là as dèidh dhan tachartas crìochnachadh. Tha e

ruith bho Dhiaciadain 14mh den Iuchar chun 16mh agus tha e a' faighinn taic bho Chaledonian Mac a' Bhriuthain.

Thuirt Susan Blacklaw bhon chompanaigh Loganair: "Tha sinn fior thoilichte seirbeis leudachite a thabhan aig àm Fèis Cheilteach Innse Ghall. Tha an t-iarrtas a tha i air tarraing air a bhith mòr dhariribh agus tha an gluasad a' tighinn air sgàth sin.

"Tha an tachartas gu lèir air a bhith cho soirbheachail thar nam bliadhnan agus gu bheil sinn toilichte ar pàirt a ghabhail ann a bhith a' cuideachadh na feise le bhith thabhan barrachd chothroman dha luchd-turais."

Thuirt stiùiriche na fèis, Caroline NicIlleinein gun robh iad gu mòr a' cur failte air an t-seirbhais adhair a bharrachd agus bha làn dhùil aice gun deigheadh a cleachdadh gu math.

Mu thaic ChalMac, dh'innis i:

"Bha CalMac an urra ris an dàrna leth de ar 14,000 luchd-turais a thoirt chun fhèis an-uirdh agus bidh iad riatanach a-rithist am-bliadhna agus dùil gu bheil na h-àireamhan dol a dh'èirigh, gu h-àraigheas as dèidh na reic sinn air a' chìad là.

"Tha sinn air ticeadan a reic gu

Afraga a deas, an t-Suain, a' Ghearmailt, Aimeireaga, Canada agus air



eleven

Reasdrainn & bàr

A' fosgladh deireadh na h-Ògmios 2005

Reasdrainn carvery a' frithcaladh deagh thaghadh de ròstan, bàr saileid de gach seòrsa agus fior bhiadh eadar-náiseanta.

Faicibh agus dèanaibh taghadh den bhiadh-mara is mhaorach ionadail againn is deasaichidh ar còcaille dhuibh e.

Làn bhàr agus taghadh de dheagh fhion.

Taigh-òsta a' Chalaidh,
11 Sràid Sheumais, Steòrnabhagh
HS1 2QN
Fòn: 01851 702740



An cafaidh

Tha cafaidh HS-1 a' frithcaladh biadh ur a là an-diugh ann an suidheachadh cofhurtach maiseach aig prisean reusanta.

Tha deagh thaghadh againn de dh'fhionn Pitchers, cocktails agus shooters.

Lòn bho 12 meadhan-là gu 4f
Dinnear bho 5f gu 9f

Fosgailte Didòmhnaich bho 4f gu 9f
A-mhàin airson daoine a tha ag ithe biadh

Sràid Chrombaill,
Steòrnabhagh, HS1 2DG
Fòn: 01851 702109





Meala naidheachd
air an 10mh Fèis
Cheilteach Innse
Ghall.

Tha Comunn na
Gàidhlig
toilichte bhi cur taic ri
na leasaichean Àrd-Mòr
a tha air bhi aig Fèis
Cheilteach Innse Ghall
bho 1995.

Tilleadh fiosrachadh air
www.cnag.org.uk



Dh'fhaodadh tusa a bhith an seo

Gabh cuairt gu aon de na h-àiteachan as brèagha ann an Alba. Tha sinn a' dol air 26 slighean, bho chòig mionaidean gu chòig uairean a thìde
air falbh. Siuthad, tadhail air aon de dh'eileanan Chluaidh is Innse Ghall. Tadhail air **calmac.co.uk** no fon **08705 650 000**



Caledonian Mac a'Bhriuthainn
Bàtaichean-aiseig nan eilean is Chluaidh

FÈIS CHEILTEACH INNSE GALL
13 - 16 AN T-IUCHAR 2005
STEÒRNABHAGH, EILEAN LEÒDHAS

ANN AN CUIRM MHÌORBHAILEACH NA BLIADHNA SEO A THA A' COMHARRACHADH
AN 10MH CEANN-BLIADHNA AIG AN FHÈIS THA NA LEANAS A' GABHAIL PÀIRT:

VAN MORRISON
RUNRIG
SHOOGLENIFTY
XOSE MANUEL BUDINO
PEATBOG FAERIES
MARK SAUL
MÀIRI NIC A' GHOBHAINN, ANNA MOIREACH,
CAITLIN NIC AN AONGHAIS,
ALYTH NICCARMAIG, FIONA NICCOINNICH
SEAMUS O BEAGLAOICH
FERGIE DÒMHNALLACH
SEUMAS GREUMACH

'EVENT OF THE YEAR'
SCOTS TRAD MUSIC AWARDS 2004

WWW.HEBCELTFEST.COM
INFO@HEBCELTFEST.COM
01851 621234
P O BOX 9909,
STEÒRNABHAGH, EILEAN
LEÒDHAS, HS2 9DW

Scottish Arts Council EventScotland
Isle of Skye Development Trust
Isle of Skye Tourism Board
Isle of Skye Marketing Committee

Gabh cuairt Bhriuthainneach

An Gàidheal Ùr

Tha Bile Ath-leasachaidh na Croitearachd na dhragh dha duine sam bith aig a bheil iùdh anns na coimhearsnachdan croitearachd. Ma thèid e troimhe gun atharrachadh leanaidh e gu ath-nuadhachadh a thoirt air na coimhearsnachdan is bailean far a bheil an dòigh-beatha làdir — agus chan ann an dòigh mhath.

Carson a-rèisid a tha uimhir de shàmhchair mu thimcheall a' phòs lagha as cudthromaiche a tha air a thigheann air croitearachd ann an 30 bliadhna. Chan eil am freagairt cho duilich greimeachadh ris 's a shaoleadh, ach bu choir dha an déidh sin fior dhùsgadh adhbhurachadh. Chan eil croitearan gu nàdarrach airson a dhol an sàs ann an achdan is laghan. 'S e th'annnta ach daoine a airson an làmhan fhaighinn salach ag obreachadh na talmhainn, chan e iadsan a bhios gan sgeideachadh fhèin le deiseachan spaideil.

Ach, nas cudthromaiche, thairis air an dà bhlàdhna a dh'fhalbh, tha roinn farsaing do dh'atharrachain air a thigheann air a' ghnionmhas, gach fear aca ag iarraidh aire is smaoineachadh — an siostam ùr pàighidh, Sgeama Stiùridh nan Sgirean Dùthchail, Sgeama nan Taighean Croit, atharrachaidhean sna grantaichean, sgeama iasaid nan tarbh, agus mar sin air adhart. Ga shineadh gu sàmhach dhan troimh-chèile seo tha Ached Ath-leasachaidh na Croitearachd a tha gu math nas cudthromaiche na tha h-uile gin eile gan cur còmhla. Agus a h-uile càil a tha seo a' dol air adhart aig àm nuair a tha croitearan air an sàrachadh le obair pàipeir is nas lugh 's nas lugh de theachd-a-steach. A bheil e na iongadh sam bith nach eil an còrr a spionadh anna is

gu bheil iad gus leigeil roimhe? Tha fios nam biodh thu nad oifigeal ann an Dùn Èideann 's gum biodh thu airson rudeigin a sparadh air croitearan gun fhiros dhaibh, 's e seo an t-àm a dhéanamh.

A' gabhlàris gu bheil nàimhdeas do chroitearachd am broinn oifisean Dhùn Èideann tha e duilich gun a thigheann chun a' cho-dhùnaidh gu bheil amas air choreigin a' laighe air cùlaibh na tha seo — gu h-àraidh agus e na phriomhachas anns a' bhlile nach fheum am fearann a chur gu feum ann an dòigh àiteachais, direach a chur gu feum ann an dòigh "feumail". Tha seo cho fosgaile agus gum bidh e a' ciallachadh gum faod croitean a chleachadh ann an dòigh sam bith cho fad 's a tha cuideigin, an àiteigin, air dhòigh air choreigin — faic na h-oifisean spaideil — ga fhaicinn feumail.

Cha leig a leas èolás sam bith a bhith agad air cùisean dùthchail airson aithneachadh gu lean seo gu crìonadh ann an obair croitearachd thraidseanta — ach 's dòcha gur e seo na thathas ag amas air. Ma tha dha-rìribh an smuain sin mun chuaith bu choir a bhith onarach gu leòr agus a ràdh gu follaiseach. Tha faileadh grod bho dhol a-mach a tha tilgeil croitearachd air òcrach a' mhargaidh flosgailte leis an leisgeul gu bheilear a' feuchainn ri shàbhalaidh.

Fèumaidh Bunait Croitearachd is ar buill-pàrlamaid seasamh gu treum an seo. Tha e follaiseach nach dèan Coimisean nan Croitearan, a tha air a bhith an lùib a' Bhlàth a dhealbh, sin idir — rud a tha fosgladh na ceist: an atharrach iad an ainm chun Choimisein "Feumail". Ann an sùilean mhòran, 's e sin aon bhu-nait air nach bu choir suidhe gu cofhurtail.

Beachd

Air an sgaradh bho fhreumhan a' chànan



Le Aonghas Pàdraig Caimbeul

Tha mi air a bhith a' leughadh leabhar sòn-raichte o chionn bheagan làithean an-seo: nàdar de nobhail, fon ainm Invisible Cities, leis an uighdar ainmeil Eadailteach Italo Calvino, nach maireann.

Tha an leabhar na chòmhradh (mas fhìor) eadar am fear-iubhail ainmeil Marco Polo agus riagh-ladair nan Tartar aig an àm, Kublai Khan (bidh cuimhn' aig cùid agaibh air toiseach an dàin ainmeil eile ud a rinn Coleridge — "In Xanadu did Kubla Khan/A stately pleasure dome decree...")

Co-dhiù, anns a' chòmhradh ann an Invisible Cities tha Marco Polo ag innse dhan Khan mu na bailtean mòra iongantach annasach a tha air facinn fhad 's a shiubhal e an saoghal: bailtean far a bheil na sràidean air an dèanamh à òr, feedhainn anns nach eil daoine bruidhinn idir, feedhainn anns a bheil na mairbh bed, 's mar sin air adhart. 'S e meatafor a tha anns gach baile aig Calvino, 's tha gach baile — aig a' cheann thall — a' seasamh airson baile Venice.

Cha b' urrainn dhomh gun smaoineachadh mun Ghàidhlig agus mu shaoghal nan Gaidheal fhad 's a bha mi ga leughadh, agus mar a tha meatafor no ficsen againn uile mun t-saoghal no mun eachdraidh sin. Do chuid, tha saoghal na Ghàidhlig mar aising a dh'fhalbh, 's do chuid eile mar aising as nach do dhùisg sinn fhastast. Do chuid tha 'baile' (air no 'eilean' no 'eileanan') na Ghàidhlig air a dhol fodha (cuimhlichibh a' bhàrdachd aig Dòmhann MacAmhlaigh — "Siud an

t-eilean a' dol à sealladh...) 's do chuid eile tha 'baile' no 'eilean' na Ghàidhlig direach air a thogail no air a lorg an-dràsta fhèin, mar gum, biodh Marco Polo air seòladh tron Chuan Siar agus air Uibhist (can) fhaicinn air fàire.

An e sin, mar eisimpleir, faireachdann luchd-ionnsachaidh a tha air tigheann air tir le gèòla air eilean-mara na Ghàidhlig?

'S dè an fhàilte a tha sinne a tha air an eilean mar-thà a' cur (air no a dol a chur) air na strainnsear-an ùra a tha seo a tha air tigheann nar measg? Am "buin" an t-eilean dhaibhsan a cheart cho math 's a "bhuineas" e dhuiinne?

Saoilidh mi fhèin, ann an iomadh dòigh, nach eil mòran cho cudthromach le na ceisteann seo dhuinn mar Ghaidheil aig toiseach na 21mh linn — dè air neo càite a bheil "m' eilean"? An e "eilean" ann an ciaradh an fheasgar anns a bheil mi a' fuireach, air no "eilean" ann an tràth na maidne? (Tha mo chlann fhìn, mar eisimpleir beò ann an Eilean Ghàidhlig na Maidne). Ach tha e nas farsainge na seo cuideachd — cò a tha a' dealbh 's a' dèanamh mapa (air no mapachean) dhèan eile seo? — Bòrd na Ghàidhlig? Peadar Peacock? Sabhal Mòr Ostaig? Comhairle nan Eilean Siar? Comhairle na Gaidhealtachd? An Executive? Am BBC? SMG? Pàipear Beag an Eilein Sgitheanaich? An Ghàidheal Ùr? Ar bàird? An fheadhainn a tha sgrìobhadh nobhailean Ùirsgeul? Ar sgoilearan anns na h-oilthigh? An Comann Gaidhealach? CNSA? CLI? Ar ñòrigidh? 'S mar sin air adhart...

Tha fhios gu bheil dileastanas òirnn uile ar n-eilean (air no an-eileanan) a rannsachadh 's a lorg 's a mhapadh a-mach. 'S e a' mhifhortan gu bheil e air a bhith air a chlàradh cheana ann an iomadh seagh uirsgeulach (air neo 'breugach') le daoine nach buin dhan eilean. Tha eachdraidh nan Gaidheal gu ìre mhòr air a bhith air a chlàradh 's air a mhapadh 's air a dhealbh 's air a chumadh le Goill 's tha deagh fhios againn an cron mòr a rinn sin air iomadach neach thairis iomadhach ginealach a chaidh a thogail le èolás air 1066 ach nach cuala a-riamh mu Blàr a' Chumhaing air neo (mar mise) a fhuair sreathan de bhàrdachd Beurla air mo theanga ("I must go down to the seas again to the

Tha fhios gu bheil dreastanas òirnn uile ar n-eilean (air no an-eileanan) a rannsachadh 's a lorg 's a mhapadh a-mach. 'S e a' mhifhortan gu bheil e air a bhith air a chlàradh cheana ann an iomadh seagh uirsgeulach (air neo 'breugach') le daoine nach buin dhan eilean. Tha eachdraidh nan Gaidheal gu ìre mhòr air a bhith air a chlàradh 's air a mhapadh 's air a dhealbh 's air a chumadh le Goill 's tha deagh fhios againn an cron mòr a rinn sin air iomadach neach thairis iomadhach ginealach a chaidh a thogail le èolás air 1066 ach nach cuala a-riamh mu Blàr a' Chumhaing air neo (mar mise) a fhuair sreathan de bhàrdachd Beurla air mo theanga ("I must go down to the seas again to the

lonely sea and the sky) ach nach d'fhuair èolás sam bith air ar bàird fhèin nar sgìrean fhèin.

Tha sin ag atharrachadh gu ìre, ach tha obair mhòr ionmholt romhainn fhathast ann a bhith a' misneachadh agus a' toirt cead dha chèile a bhith a' clàradh ar mapachean fhèin airson 2005 's air adhart: mapachean-eanchain a tha a' toirt a-steach sgeulachdan is bàrdachd is filmichean is snaig-headarachdan is eile, a tha freumhaichte ach cruthachail.

Ma tha gearan mòr sam bith agam mar a tha 'Saoghal na Ghàidhlig' a' dol 's ann mar a tha sinn a' toirt fada cus aite is urraim is cumhachd is airgid is spèis dha na clàradairean-oifigeil, mar gum biodh. Mar a tha sinne fada ro bhualteach mapadh ar saoghal a shineadh a-null gu buidhnean mòra oifigeil (na quangos sgreataidh sin nach do thagh duine agus nach eile a' labhairt ach airson òirleach bheag dhe ar saoghal) seach ar mapadh fhèin a dhèanamh.

Tha na buidhnean sin cheana ann am pòcaidean am maighis-tearain oir 's e am fear a phàigheas am piobaire a stiùreas am port, agus ma tha thu nad 'Bhuidheann Oifigeil' (B.O. mar a th' agam orra) tha thu dol a chlàradh 's a mhapadh an eilein a tha fo do stiùbhartachd gu h-oifigeil. Mar nach robh maor no bàillidh sam bith a' dol a dhèanamh ar-a-mach an aghaidh an uachdarain (co-dhiù gun a cheann a chall) chan eil B.O. sam bith. Bha cuid de bhàiliidhean ann a bha coibhneil gu leòr, ach eadar Pàdraig Sel-lar agus am fear a' fheàrr dhiubh, cha robh iad fhathast uile ach a' dèanamh toil an taigh mhòir.

Tha fhios aig gach B.O. a th' ann — bho Bòrd na Ghàidhlig gu Seirbheis nam Meadhann Ghàidhlig, bho Pròiseact nan Ealan gu GASD — nach eil annta aig a' cheann thall ach buidhnean oifigeil, direach meadhanan (aig a' char as fheàrr) airson misneachd is brosnachadh is dòigh is airgead a thoirt do dhaoinne neo-oifigeil an cuij phrògraman a dhèanamh, an cuij dhealbhán a dhèanamh, an cuij sgeulachdan innse no a sgrìobhadh. Mo thrus-aighe òirnn when the means become the end, nuair a stiùreas a' bhò am buachaille, nuair a tha na buidhnean 's an cuij choineamhan is phlanachean is roi-

inneachdan air am meas nas cudthromaiche na an fheadhainn a tha a' dèanamh na h-obrach gu dileas ann am bochdainn gach latha, gun cunnatas-expenses sam bith nan cois, ge brith an e màthair no maraiche no peantair no sgrìobhaiche no eile a tha sin.

Tha an t-eilean chan ann a-mhàin faicsinneach agus fol-laiseach agus 'oifigeil' ach — fada fada nas cudthromaiche — do-fhaicsinneach, falaichte agus air ùr-chruthachadh gach latha. Chan e direach aon eilean na Ghàidhlig a tha againn le mapa oifigeil air a thoirt dhuinn le passport-control air choreigin (Tre 8 of Speaking our Language, can) ach na miltean de dh'eileanan a ruigeas tu le snàmh no iomradh no Cal-Mac no eile. Chan e direach aon eilean le aon mhapa le "X marks the spot" sgrìobhite air an àiteigin (aig làrach Sabhal Mòr Ostaig, can) ach na miltean de dh'eileanan gun "X" ann oir chan eil an litir sin againn ann an aibidil (oifigeil) na Ghàidhlig.

Agus crìochnaichidh mi dìreach le aon chuit bho Chalvino, ged a bu mhiann leam na ceudan a thoirt dhuibh. Chan ann air buidhnean-oifigeil a bha e a-mach, air neo air ilthirich, air neo air sociologists, air neo air an fheadhainn a tha cho dèidheil bruidhinn mun Ghàidhlig anns a' Bheurla, ach 's gur ann agus air na miltean rudan eile:

"The inhabitants of the city of Baucis rarely show themselves: they live in the clouds on slender stilts far above the ground and having already everything they need up there, they prefer not to come down. There are three hypotheses about the inhabitants of Baucis: that they hate the earth; that they respect it so much they avoid all contact; that they love it as it was before they existed and with spyglasses and telescopes aimed downward they never tire of examining it, leaf by leaf, stone by stone, ant by ant, contemplating with fascination their own absence."

'S dòcha nach ann mun Ghàidhlig no mu dhaione a dh'fhàg na coimhearsnachdan Ghàidhlig a tha e a' bruidhinn idir. 'S dòcha gu bheil e a' bruidhinn mu chreideamh. No mu sgoilearan. No mu luchd-poileataigs aig Holyrood no Westminster. No mud dheidhinn-sa. No mum dheidhinn fhìn

Litricean gu:

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fón: 01851 703487
Facs: 01851 706467

LITRICHEAN

Corbenic Community
Trocry
Dunkeld
Siorrachd Pheairt
Mo charaid

Meal ur naidheachd! Dhrùidh e gu mòr orm gu bheil sibh a' foillseachadh naidheachd dhà-rìrbh, coitcheann. Air cho truagh 's a bha e, leis na trioblaidean nan daoine òga no na duilgheadasan an economaidh, tha sin gu math eadar-dhealaichte bho poileataigs a' chànan a fuair sinn roimhe.

Ach, feumaidh mi ràdh, tha sibh a' lughdachadh luach ur naidheachdan, leis am pàipear-naid-

heachd a thoirt air falbh, saor is an asgaidh. Leis An Gaidheal Ùr a liubhairt an asgaidh còmhla ris am Free Press is pàipear-naidheachd eile, tha mòran neach 'ga fhaighinn aig nach eil facal Ghàidhlig. Mar sin, chan e ach "junk mail" a th' ann am pàipear dhaibhsan.

Carson nach gabh e reic anns na bùthan? Ma chuireas sibh prìs, can £1, air An Gaidheal Ùr, 's mathaid nach reic sibh a h-uiread de leth-bhric, ach co-dhiù, tha na daoine a bhith eas 'ga cheannach ag iarraidh a bhi 'ga leughadh. Air a' chuid as lughad, sguir de AN ASGAIDH agus TOG FEAR AN DIUGH AN ASGAIDH a chlò-bhualadh air a' phàipear. Thoir cothrom dhuibh fhèin, agus na bitheamaid 'fhear crubach naidheachais Albannaich, a sior a' crochadh air taic-airgid bho Riaghaltas.

Mise le meas
Richard A A DevÈria

Neach-deasachaidh — tha e math a bhith faighinn leithid de bheachd lèirsinneil bho ar luchd-leughaidh. 'S e cuspair a tha seo a tha sinne a tha an-lùib a' Ghàidheal Ùr air a bhith a' ennasachadh bho chaidh a stèidheachadh an toiseach ann an 1997.

'S e bunait a' Ghàidheal Ùr seirbheis naidheachd sgrìobhate a thoirt dha Gaidheal agus a' chànan a thaisbeannadh is a' bhrosnachadh tro chlo-bhualadh. Tha 37,500 leth-bhreac a' dol a-mach gach mios, ged a dh'fheumas sinn aideachadh nach eil ach earran beag dhen sin a tha ga leughadh gu mionaideach. Nan cuireadh thu prìs air, gheibheadh thu, nar beachd, air dhà no thri mhìlltean a reic, 's dòcha suas ri 4,000 no 5,000 aig a' char as fheàrr. Ach, nan cuireadh thu prìs air, bhiodh e na buthtan ag iarraidh an earran fhèin airgead, bhiodh e an fheadhainn a tha urra ris a' ghiulain air an rathaidean is eile ag iarraidh an earran fhèin

agus cha bhiodh air fhàgail ach beag dhuinn fhèin. Mar sin a-thaobh teach a-steach chan eil e a' dèanamh ciall.

Bhiodh e cuideachd a' ciallachadh nach fhàigheadh thu idir air dhol an lùib pàipear eile, no bhiodh e gu math duilich co-dhiù, a' fàgail duilgheadas mòr mu dè na sgìrean a bu a sgaoileadh agus, nas cudthromaiche, ciamar a ghabhas sin a bhith leis an airgead a tha iad. Mar a tha sinn ag obair an-dràsta, tha 37,500 a' dol ma sgoail fada is farsaing le cuideachadh bho phàipear eile agus cha bu chòir duilgheadas sam bith a bhith aig duine sam bith a tha ag iarraidh an làmhan fhaighinn air An Gaidheal Ur sin a dhèanamh. A-thaobh an droch iomhaigh a tha ag pàipear-naidheachd a tha saor an asgaidh, chan eil cail a' choltas gun rinn e cron dhan 'Metro'.

Gàidheil Dhùn Èideann — cò iad?

Le Wilson Macleod

Tha coimhersnachd na Gàidhlig nas sgapte na bha i-a-riamh. A réir cuntas-sluagh 2001 bha 55.5% de luchd-labhairt a' chànan a' fuireach air a' Ghaidhealtachd agus 44.5% a' fuireach air a' Galladhachd. Tha barrachd dhaoine le Gàidhlig ann an Dùn Èideann anis na tha san Eilean Sgitheanach, no ann an Uibhist is Barraigh còmhla. Ach cò iad, na Gaidheil bhaileil seo — caitte am bi iad a' bruidhinn an cuij Gàidhlig, cuin, ciarain is carson?

Gu ruige seo chan eil mòran fiosrachaich den t-seòrsa againn, agus air sgàth seo rinn mi pròiseact rannsachaich bho chionn ghoirid airson faighinn a-mach mu chor na Gàidhlig sa phrìomh-bhaile, gu h-àraidh mu mar a tha fileantaich a' cleachadh a' chànan. Chaith ceisteachan mionaideach a sgaoileadh fad is farsaing am measg Gaidheil Dhùn Èideann agus fhuaradh 105 freagairtean.

Cha robh toraidhean an rannsachaich tuilleadh is brosnachail, rud nach eil iongantach. Ged a tha coimhersnachdan mòra Gàidhlig ann am bailtean mòra na Galldachd bhon 18mh linn air adhart, is ann ainmeamh a chaidh an cànan a thoirt air ad-

hart do na ginealaichean ùra. Mar thuirt am bàrd Leòdhasach, Murchadh Mac a' Ghobhainn ceud bliadhna air ais:

Tha sliochd nan suinn a dh' àitic-headh

*Na glinn ud a chaidh fhàsachadh
An diugh mar Ghóill gun Ghàidhlig
ac'*

Air sràidibh bhailean mòra.

Cha robh am fiosrachaich mu chleachdad na Gàidhlig ann an dachaighean agus ann an teaghlachair idir dòchasach. (Aig an aon àm, feumar cuimheachadh gu bheil an rannsachadh a rinn muinntir Phlana Cànanan nan Eilean Siar bho chionn ghoirid car dubhach cuideachd).

Am measg nam fileantaich aig a bheil cèile, tha mu 84% de na céilean gun Ghàidhlig, agus fiu's nuair a tha Gàidhlig fhileanta aig an dithis, bidh 43% dhiubh a' bruidhinn barrachd Beurla na Gàidhlig ri chèile. Chuir còrr is 40% de na fileantaich an cèill nach eil Gàidhlig aig an cuij cloinne. Bidh an luchd-freagairt a' cleachadh fada bharrachd Beurla na Gàidhlig le an cuij cloinne, agus tha a' chlann a tha fileanta sa Ghàidhlig buailteach a bhith a' cleachadh Beurla eatarra fhèin.

Gu dearbh is gann gu bheil teaghlaich sam bith ann an Dùn Èideann anns am bi a h-uile duine a' cleachadh na Gàidhlig. Mar sin, tha e coltach nach eil àite

gu cunbalach: nuair a bhios an dithis phàrantan a' bruidhinn ri chèile, na párantan a' bruidhinn ris a' chloinn, agus a' chlann a' bruidhinn ri chèile.

Is e glè bheag de dhaoine sa bhaile a bhios a' cleachadh na Gàidhlig mar phriomh chànan am beatha làitheil. Thuirt 37% de na fileantaich gum bi iad a bruidhinn Gàidhlig a h-uile latha, ach direach 3% gum bi iad a' bruidhinn barrachd Gàidhlig na Beurla a h-uile latha. Air an làimh eile, thuirt 17% de na fileantaich gum bi iad a' bruidhinn Gàidhlig direach aon latha san t-seachdain, no fiu nas ainneimhe na sin.

Tha fada bharrachd Gàidhlig ga cleachadh ann an cuij de shuidheachaidhean seach suidheachaidhean eile. Bidh 94% den luchd-freagairt fhileanta ag eis-teachd ri prògraman réidio sa Ghàidhlig, mar eisimpleir, ach cha bhì ach 45% a' cleachadh Gàidhlig ann am bùthan.

Thuirt a' mhòr-chuid den luchd-freagairt gum bi iad a' fritheadadh thachartasan Gàidhlig ann an Dùn Èideann, ach mar as trice chan eil seo na chleachadh làitheil, seachdaineil, no fiu mòisail. Mar eisimpleir, thuirt 73% den luchd-freagairt gum bi iad a' fritheadadh chèilidhean thraigseanta sa bhaile, ach thuirt mu dà thriant dhiubh sin nach tachair seo ach 1-2 thuras ann am bliadhna. Mar sin, tha e coltach nach eil àite

ro chudthromach aig tachartasan poblach Gàidhlig ann am 'beatha shòisealta' luchd Gàidhlig Dhùn Èideann.

A thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG), chan eil Gàidhlig fhileanta aig 78% de na párrant an thagh FTMG airson an cuij cloinne, ach thuirt 86% de na fileantaich 'dhùthchlasach' aig a bheil clann de dh'aois sgoile nach eil an cuij cloinne an sàs ann am FTMG. Tha am pátran seo na dhùblan a thaobh gleidheadh agus leasachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann 'glè chudthromach' no 'cudthromach idir'. Bha iad cuideachd den bheachd nach eil Riaghaltas na h-Alba agus gu h-àraidh Comhairle Dhùn Èideann taiceil do chùis na Gàidhlig.

Tha an luchd-freagairt fada den bheachd gum bu chòir a' Ghàidhlig adhartachadh ann an Dùn Èideann: thuirt 72% gu bheil seo 'cudthromach' no 'air leth cud-

thromach', agus direach 5% nach eil e 'glè chudthromach' no nach eil e 'cudthromach idir'. Ach a réir an luchd-freagairt chan eil muinntir Dhùn Èideann san fharasaingeachd idir cho taiceil: ann am measadh nan Gaidheal bhiodh 70% dhiubh den bheachd nach eil adhartachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann 'glè chudthromach' no 'cudthromach idir'. Bha iad cuideachd den bheachd nach eil Riaghaltas na h-Alba agus gu h-àraidh Comhairle Dhùn Èideann taiceil do chùis na Gàidhlig.

Tha an rannsachadh seo a' nochdadh meud nan dùblan a dh'èireas an lùib ionairtean a chum leasachadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann, agus gu dearbh ann am bailtean mòra eile.

Tha e gu math follaiseach nach eil mòran dhaoine beò tro mheadhan na Gàidhlig ann an Dùn Èideann. Ged nach eil e reusanta a bhith a' sùileachadh gum fàs Dùn Èideann gu bhith na chathair-bhaile Ghàidhlig, no fiù dà-chànanach, feumar dòighean a lorg airson dèanamh cinnteach gun tèid aig daoine air 'beatha Ghàidhlig' a thaghadh ma thogras iad. Tha Comhairle Dhùn Èideann air gealltainn gun cuir i Plana Gàidhlig air dòigh an lùib Achd na Gàidhlig. Is cinnteach gum bi am Plana seo air leth cudthromach airson adhartachadh a' chànan sa chathair-bhaile san àm ri teachd.

Deireadh an t-seasain na char a' mhuithein



Sùil air Spòrs
Le Alasdair O'Hanrahan

Nach annasach cho luath 's a dh'atharraicheas cùisean ann am ball-coise. Gun ach beagan mhionaid ri dhol sa ghèam eadar Hibs agus Rangers aig Easter Road, thuirt Gerry McNee, am fear a bha ag aithris air a' ghèam, gun robh an latha mu dheireadh dhen t-seasain a' tighinn gu crìoch às aonais dràma mhòr sam bith. Diog no dhà as déidh sin fhuair Tobar na Màthar tadhal an aghaidh Celtic aig Fir Park agus an uairsin tè eile agus bha an ceòl dha-rìribh air feadh na fidhle a' fágail Gerry bochd a' tachddadh air na bha e air a ràdh goirid roimhe.

Tuigidh mi carson a thuirt e sin ge-tà. Le dà mhionaid ri dhol bha a h-uile coltas gun robh tiotal na Prìomh Liog a' dol air ais gu Parkhead, ach ann am priobadh na sùla agus le aon sguab dhen bhròig aig Scott Dòmhnullach — fear a chaidh a thogail a' leantail Celtic — bha priomh dhuais na h-Alba air a slige gu taobh eile baile Għlaschu. Chan fhacas a leithid riagh, fiu's dà bhliadhna air ais, an uair a chaidh an rēis chun an latha mu dheireadh agus a b'fheudar a rèiteach le dìreach aon tadhal a bharrachd do Rangers.

Bha dràma gu leòr ann an latha sin cuideachd, ach cha robh dad ann an taca ri na chunna sinn bho chionn beagan sheachdainean. Tha luchd-leantail Rangers fhathast a' feuchainn ri thuiginn ciamar a bhuiinn iad an Liog agus tha an taobh eile dhen Old Firm a' sgròbadh an cinn 's a' faighneachd ciamar idir a chaidh aca air an tiotal a shadail air falbh. Nas miosa buileach, tha luchd-leantail Celtic cuideachd a' dèiligeadh ris an naidheachd gu bheil Mārtainn O'Neill


dh'fhaighinn na h-obrach agus mura b' e an tagradh a rinn Desmond às leth an Èireannaich aig a' mhionaid mu dheireadh, 's e an Dùidseach a bhiodh air a bhith na shuidhe sa chathair. Co aig a tha fios dè a bhiodh air tachairt nan robh Hiddink air an obair fhaighinn agus 's fhìach a chuimhneachadh gun tug e Corea a Deas chun na h-iar chuairet dheireannaich de Chupa na Cruinne ann an 2002 agus PSV Eindhoven, sgioba nas lughu na Celtic, gu iar chuairet dheireannach Liog na h-Eòrpas air an t-seasan sa.

A dh'aindeoin cairdeas a tha a' dol air ais chun nan làithean aca mar chluicheadairean aig Obar Dheathain, tha a h-uile coltas gum bi sradagan gu leòr eadar Strachan agus Ailig MacLiosa air an ath sheasan. Fhuair sinn blasad dhe sin an latha a chaidh Strachan fhoillseachadh mar mhanaidsear an uair a thuirt e gur e esan a ghleidh an fharpais airson an 'acne cream' an uair a bha iad aig Pittodrie, beum beag mu aghaidh guireineach Mhic Illios, ach comharrach cuideachd air an fharpais a tha eadar an dithis. Bidh e intinnseach fhaicinn cò aca a gheibh làmh an uachdair air an ath sheasan.

Ach a' mhòr-chuid de luchd-leantail Celtic, tha soirbheachas aig ire Eòrpach a cheart cho cudthromach mura bheil nas cudthromaiche na tiotalan is cupannan aig an taigh agus chan eil agad ach smaointinn air ais gu seasain 2003 mar dhearbhadh air an sin. Cha do bhuinnig Celtic dad a' bhliadhna sin ach fhuair iad gu cuairt dheireannach Cupa UEFA ann an Seville a' dèanamh a' chuis air sgiobannan leithid Liverpool, Celta Vigo agus Boavista air an slighe dhan Spàinn.

Ged a chaill iad 3-2 ri Porto aig a' cheann-thall, nam faighnicheadh tu do ghn sam bith dhen luchd-leantail aca dè a' chuimhne as fheàrr a th' aca air linn O'Neill, chanadh a' mhòr-chuid dhiubh gur e an iomairt sin a chriochnaich le 80,000 dhiubh a' taomadh a-steach gu baile Seville air latha brutainneach teth sa Chèitean 2003. Gu dearbh, an uair a chaidh fhaighneachd dha fhèin, b' e sin a' chuimhne a b' fheàrr a bh' aig O'Neill cuideachd air na còig bliadhna a chuir e seachad ann an taobh seachad Ghlaschu.

Tha e air dileab mhòr fhàgail as a dhèidh, rud a tha a' dèanamh na h-obrach aig Strachan nas duilge buileach. Bhiodh e air a bhith na b' phasa dha an dreuchd a chur seachad gus an dèanadh cuideigin eile butarras dhith an toiseach agus tha e airidh air moladh airson an t-uallach a ghabhail thairis. Seo an dùblan a bha Strachan ag iarraidh agus tha e an ura ris fhèin feòil no iasg a dhèanamh dheth, ach mura robh fios aige roimhe bidh e air drùghadh air a-nise gu bheil dòchas an mòra aig a' bhuidhinn seo agus nach fhaigh e cus uine airson gnothaichean a chur ceart.



Tha sgrùdach MhicLeòid a' sealtainn gu bheil feum air cuideachadh a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig ann am baile mòr Dhùn Èideann.

Dealbh: Domhnall MacLeod (An t-Albannach)

Na h-uaisilean mòra ann an Gleann na h-Eaglaise... agus Coinneach Mòr

Tha fios againn uile (ciamar nach biodh?) gu bheil an G8 ann an Gleann na h-Eaglais ann an Siorrachd Pheairt am-bliadhna! Tha fios againn cuideachd gu bheil ochd dùthchannan air an riachdachadh aig an G8 — 's dòcha gun canadh cuid gur e naoi a bu chòir dhuinn a ràdh leis an Aonadh Eòrpach cuideachd gu bhith ann. Co-dhiù bidh sin a' ciallachadh gum bi ochdnar (no naoinear) de chinn stàite is eile bho gach dùthach aig na còmhraidean mòra — seadh, a bharrachd air na h-uaisilean mòra eile a' slaodadh riutha.

Seadh ma-thà! Ochd dùthchannan agus ochdnar dhaoine mòra cudthromach (a' fàgail an Aonaidh Eòrpach aig aon taobh). Ach ma chanas mi gu bheil Coinneach MacLomhair gu bhith ann, co ris a tha an àireamh de dhaoine cudthromach a' coimhead a-nis? Thuit aon duine rium "ma bhios Coinneamh MacLomhair ann, cha bhi ann ach aon duine mòr cudthromach aig an G8"! Blair, Bush, Chirac, Putin 's a h-uile duine agaibh — 's e MacLomhair a tha a' riaghlaidh!

San Iuchar-sa tighinn cluinnidh sibh dha-rìribh prògram Choinnich a' tighinn à Gleann na h-Eaglais. Dà phrògram sònraichte gu bhith aige — aon a' toirt sùil air an G8 fhèin — an eachdraidh, an amas, na dùthchannan nach eil san G8, a' bhuaidh a th'aca air bochdannan san t-saoghal agus sealladh beag air dè a th'air a' chlár

aca air a' bhliadhna seo. Ach air falbh bho chòmhraidean mòra troma an t-saoghal, tha saoghal eile ann an Gleann na h-Eaglais air nach eil mòran againn ro eòlach — Taigh Òsta Ghleann na h-Eaglaise, an oighreachd, na raointeann goilf agus an àrainneachd bhrèagh a tha mu cuairt.

B' e madainn bhrèagh a Chèitein a bh' ann nuair a chaidh sinn a chlàradh a' phrògram — bha na h-eòin a' ceileirich sna craobhan, a' ghrian a' déarrsadh agus bha sinne nar seasamh taobh a-muigh taigh òsta a tha am measg an fheadhainn as spaideil san t-saoghal. Beag fios a bhiodh aig duine gu robh an togalach seo na ablaich gun mhullach airson ochd bliadhna an dèidh dhan chiad chogadh töiseachadh. Ach nuair a dh'fhsail an taigh òsta seo ann an 1924 choisinn e an t-ainm "Riviera na Gaidhealtachd".

B' e nach fhaigheadh mi fhìn seachad air cho beag tuigse 's a bh' agam gu bheil daoinne san t-saoghal seo nach eil a' cur seachad an cuid làithean ag èirigh sa mhadainn, a' dol an ceann an cosnaidh agus a' tilleadh dhachaigh gu tuilleadh uallachaidhean mar a tha a' chuid mhòr againn fhin. Tha e follaiseach gur e Taigh Òsta Ghleann na h-Eaglais raon cluiche muinntir an airgid agus gur ann aca a tha na raointeann goilf as fheàrr san rioghachd le iomadh cur seachad eile gam feitheamh air an



oighreachd eireachdail seo. 'S chan e sin direach e! Tha ficeaduine a' ruith as an dèidh a' frithéaladh orra — chunnaic mi e le mo shùilean fhìn agus a dh'innse na firinn ma "sgoilteas farmad a' chreig" cha tug mise an aire gu robh aon sgàineadh air an

údraidh spaideil air an robh sinn nar seasamh, ach làraichean nan càraichean spaideil, cosgail a bha a' dràibheadh suas gu na valets a bha nan stoban direach, an làmhan paisgte air an cùlaibh a' feitheamh riutha.

Saoghal eile an tuirt mi? Gu dearbha fhìn. Agus cluinnidh sibhse mu dheidhinn air prògram

Choinnich air an t-seachdamh latha dhen Iuchar 2005 eadar naoi agus deich sa mhadainn agus a-rithist feasgar aig trì mionaid an dèidh sia.

Tha sgioba phrògram Choinnich agus na h-aoighean a bhos aca dol a chraoladh dà phrògram sònraichte air Gleann na h-Eaglaise

Flòraidh Nicilleathain, Ard Riochdaire, Prògram Choinnich

Eòlas obrach feumail

Bho chionn dà bhliadhna, as dèidh dhomh crìoch a chur air a' cheum agam, thòisich mi air an Dioplòma anns na meadhanan Gàidhlig, 's mi fhathast aig Sabhal Mòr Ostaig. Chuir mi seachad bliadhna ag ionnsachadh mun h-uile seòrsa rud co-cheangailte ri obair nam meadhanan. Nuair a bha a' bhliadhna sin seachad, bha againn ri smaoineachadh air an t-seòrsa obrach a bu toil leinn dèanamh airson na bliadhna greis gniomhachais againn. Bha e duilich smaoineachadh air aon dhreuchd air sgàth 's gu robh sinn air an uiread a dhèanamh. Bha mi den bheachd gur e na pròiseactan ioma-mheadhain a bha còrdadh riun agus bha mi airson barachd ionnsachadh.

Dimàrt 03/08/04
An-diugh thòisich mi air a' għreis gniomhachais agam aig a' BhBC ann an Glaschu. Tha mi gu bhith ag obair anns an roinn ioma-mheadhain. Tha ceathrar ann a tha ag obair anns an roinn seo air làraichean co-cheangailte ri Gàidhlig, ach tha fada bharrachd ag obair anns an oifis.

Air a' chìad latha, bha mi gu math iomagaineach, cha robh fios agam dè bha romham ach bha mi coimhead air adhart ris gu mòr. 'S ann air an làach BBC Alba



Marie Nic Mhathain aig a h-obair còmhla ris a' BhBC

SNAS. Bha siud għe mhath. Tha e gu math coltach ris an t-seòmar gearraindh a bha sinn a' cleachdad aig SMO agus bha fios agam dè bha mi dèanamh.

Lethach slighe tron bhliadhna, bha agam ri gluasad dhan oifis ann an Steòrnabhagh. An toiseach, cha robh mi cinnteach mu dheidhinn oir bha mi faighinn air adhart cho math ann an Glaschu,

ach co-dhiù, chaidh mi an sin agus fluair mi failte mhòr. Tha e gu math diofraichte an seo, chan eil ach sianar eile ag obair anns an aon oifis agus mu deich air fhiphead ag obair anns an togalach air fad.

Ged a bha mi ann an Steòrnabhagh, bha mi dèanamh an aon seòrsa obrach 's a bha mi ann an Glaschu. Ann an seo cuideachd, fluair mi cothrom na prògraman

ach co-dhiù, chaidh mi an sin agus fluair mi failte mhòr. Tha e gu math diofraichte an seo, chan eil ach sianar eile ag obair anns an aon oifis agus mu deich air fhiphead ag obair anns an togalach air fad.

Ged a bha mi ann an Steòrnabhagh, bha mi dèanamh an aon seòrsa obrach 's a bha mi ann an Glaschu. Ann an seo cuideachd, fluair mi cothrom na prògraman

a' BhBC ann an Steòrnabhagh agus ann an Glaschu.

Agus tha mi dìreach air chluinntinn gu bheil am BBC air obair a thoirt dhomh airson sia miosan — mar sin bha a' Greis Gniomhachais agamsa dha-rìribh feumail...



Comhairle nan Eilean Siar



Comhairlean Eileananach a' comharrachadh Deich air Fhichead Bliadhna

Bhon 14-16 Cèitean am-bliadhna bha Eilean Arcaibh gu math trang agus iad a' toirt aoigheachd do Chomhairle Shealtainn agus do Chomhairle nan Eilean Siar.

Bha iad le chèile a' comharrachadh gu robh deich bliadhna ficead bho chaidh na trì comhairlean eileanach a stèidheachadh. Is e Comhairlean Arcaibh, Shealtainn agus Comhairle nan Eilean Siar na

trì ùghdarrasan ionadail a tha air a bhith stèidhichte bho chaidh riaghaltas ionadail ath-leasachadh ann an 1975.

Rè nan trì là bha iomadach nì a' gabhail àite, nam measg bha co-labhairt air staid ùghdarras ionadail aig an àm a tha làthair agus anns an àm ri teachd. Cuideachd air feasgar na Sàbaid, chumar seirbeis Taingegalachd ann an Cathair-eaglais Naomh Magnus. Bha suas ri ochd ficead neach

an làthair aig a' chuirn mhòr air Disathairne, Modaràtor Eaglais na h-Alba, Priomh Mhiniestear na h-Alba Jack McConnell, Buill Pàrlamaid, Buill Pàrlamaid Albannach agus buill ùghdarras ionadail maille ri riochdairean bho bhuidhnean poblach agus riochdairean bho ghnìomhachasan ionadail a bha a' cur taic ris an tachartas seo.

Chumadh dinnear mhòr le biadh sònraichte a bhuineadh

do gach sgìre ùghdarras. An dèidh na dinneir bha cèilidh far an robh luchd-ciùil bho gach eilean, agus bha na h-Eileanan an Iar air an riochdachadh leis a' bhuidhinn òg Teine a choisinn duais an- uiridh ann am farpais "Seo Seinn". Cuideachd am measg an luchd-ciùil bha Fionnlagh MacLeòid, piobair òg às na h-Eileanan.

Thuit Neach-gairm Comhairle nan Eilean Siar, Ailig Dòmhnullach: "Is e gluasad

sònraichte a bh' ann a bhith stèidheachadh comhairlean eileanan agus 's e glusad a th' ann a tha air a bhith air leth soirbheachail do shluagh ar coimhairsnachdan fa leth.

"Chunnaic a' chiad chomhairle mar a dh'fhaodadh na h-Eileanan an Iar a bhith anns an àm ri teachd, agus gu dearbh chaidh mòran de na chuir iadsan romha a choileanadh.

Nithean leithid leasachadh air ceangal còmhdhala, sgoiltean sia-bliadhna anns gach sgire de na h-Eileanan, tuilleadh brosnachaidh agus leasachaidh air a' Ghàidhlig, agus 's dòcha an nì as cudthromaiche buileach, guth deamocraigeach don t-sluagh a tha a' fuireach agus ag obair anns na h-Eileanan an Iar."

Comhairle nan Eilean Siar

*Sàr Bhraiche
choimeasgaichte*



Nevisprint

Clò-Bhualadh Inbheachail le Sàr Sheirbheis

Tha Nevisprint air a bhith a' clò-bhualadh ann an dath airson 30 bliadhna. Faodaidh earbsa a bhith agaibh annainn bhon chìad uair a dh'fhònas sibh thugainn gus an là a libhrigeas sinn an stuth deiseil gu ur doras.

Cuiribh fios thugainn airson tuairmse, no airson bruidhinn mu na tha a dhì th oirbh.

BILEAGAN

LEABHRAIN

MÌOSACHAIN

LEABHRAICHEAN

PASGAIN

PACAIGEADH

Tha Nevisprint a' cur meal an naidheachd air a h-uile duine aig Fèis Cheilteach Innse Ghall

Nevisprint Ltd, First Floor East, Findhorn House,
Dochfour Business Centre, Dochgarroch, Inverness IV3 8GY
Tel: 01463 861429 Fax: 01463 861433
E-mail: ali@nevisprint.co.uk

Head Office: Nevisprint Ltd, Unit 3 Caol Industrial Estate,
Fort William, Inverness-shire PH33 7PH



SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG,

Stèidhichte ann a Steòrnabhagh, tha Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig a' pàigheadh airson 65% de na prògraman ùra Gàidhlig a tha air an craoladh air telebhisean an Alba. Tha iad air còrr is da mhìle uair a thìde de phrògraman a mhaoineachadh gu ruige seo air na sianalan analog. Ach is e am priomh cheann-uidhe a-nise sianal digiteach a chruthachadh a shàsaicheas feum is miann coimhearsnachd na Gàidhlig agus an luchd-amhairc san fharsaingeachd.

CRAOLADH IS CONALTRADH - COTHROM NA CÒRACH

SEIRBHEIS NAM MEADHANAN GÀIDHLIG

Taigh Shìphoirt Rathad Shìphoirt
Steòrnabhagh Eilean Leòdhais HS1 2SD

Fòn: 01851 705550 Facs: 01851 706432

Posta-dealain: fios@gms.org.uk Làrach-Lìn: www.gms.org.uk